

PLANA OBRACH 2009/12



Highlands and Islands Enterprise
Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean

CLÀR-INNSE


Ro-ràdh		3
Earrann 1	Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais a chur an gnìomh air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan	5
Earrann 2	Buidseatan agus amasan	11
Earrann 3	Fàs eaconamach seasmhach adhartachadh	18
Earrann 4	Lìbhrigeadh èifeachdach	28

RO-RÀDH

Tha Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais a' leigeil ris na tha fa-near do Riaghaltas na h-Alba, is e sin:

Dùthaich nas soirbheachaile a chruthachadh, le cothroman ann do dh'Alba gu lèir a bhith piseachail, tro leudachadh ann am fàs eaconamach seasmhach.

Tha an clàr gu h-iseal bho Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais a' sealltainn nam prìomh earrannan an cois leudachadh ann am fàs eaconamach - barrachd torrachaidh, barrachd compàirteachaidh agus àireamh-sluaigh nas àirde. Tha e cuideachd a' toirt am follais nam feartan a bhithear ag iarraidh - dilseachd, leantailachd agus seasmhachd.



Is e gnòthach HIE a bhith a' cur an gnìomh Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais, a' togail fàs seasmach anns gach ceàrn den Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan. Is e trì raointean obrach as motha tha fa-near dhuinn anns an fharsaingeachd:


- Taic a chumail ri gnòthachasan agus earrannan a tha cudromach agus a tha fàs gu mòr, agus mar thoradh air sin irean fàis roinneil agus ionadail àrdachadh.
- Coimhearsnachdan a neartachadh, gu h-àraid ann an àiteachan cugallach den sgìre.
- Ro-innleachd agus suidheachadh a chruthachadh gus farpaiseachd na sgìre a leasachadh.

Tha an diagram air taobh eile na duilleige (td. 4) a' leigeil fhaicinn mar a tha an raon gnìomhachdan againn a' cuideachadh gu farsaing leis na seachd Amasan Rùin agus na còig deug Toraidhean Nàiseanta. Tha am Plana Obrach seo a' toirt geàrr-chunntas air na gnìomhachdan agus air ar prìomhachasan a thaobh seilbh-arigid airson nan trì bliadhna on Ghiblean 2009 gus a' Mhàrt 2012.

Chaidh am Plana a dhèanamh aig àm anns a bheil crìonadh eaconamach air feadh an t-saoghail air fad, a tha a' bualadh air a h-uile gnòthachas agus coimhearsnachd air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan. Tha e mar sin a' toirt tuairisgeul air a' phlana ath-bheothachaidh de sheachd puingean a stèidhich sinn mar phàirt de fhreagairt an Riaghaltais anns an fharsaingeachd. Air feadh na h-Alba, tha co-thaobhadh oidhirpean na h-earrainn poblaich ag amas air dòigh gnìomhachaidh cho-obrachail agus tha HIE ag obair leis an Riaghaltas, le ùghdarrasan ionadail agus le buidhnean poblach a dhèanamh cinnteach gun tìgear às na triobladaean a tha ann an dràsta gu soirbheachail.

Gnìomhachdan HIE - ceanglaichean ri amasan is toraidhean

- ◀ A' cur ris gu mòr
- ◀ A' cur ris le taic



“Air an Tomhas an aghaidh Amasan”

“Air an eagrachadh a rèir Thoraidhean”

EARRANN 1

Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais a chur an gnìomh air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan

Fàs Eaconamach

Is e amasan Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais a thaobh fàs eaconamach:

- **Ìre fàis Mòr Thoraich Dhùthchail na h-Alba àrdachadh gu ìre na Rìoghachd Aonaichte ro 2011.**
- **An aon ìre fàis ri dùthchannan beaga neo-eisimeileach an Aonaidh Eòrpaich a choileanadh ro 2017.**

Chaidh na feumalachdan deatamach airson a bhith a' cur ri farpaiseachd na roinne agus fàs seasmhach air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan a dheasbad agus a leasachadh aig Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean:

- **Àireamh-sluaigh:** sluaigh a tha a' fàs air feadh gach pàirt den sgìre, le bailtean trang agus ceàrnaidhean dùthchail a tha air an tuineachadh gu dùmhail.
- **Eaconamaidh:** bunait nas fharsainghe a thaobh cosnaidh, le ìrean nas àirde de ghnìomhachd eaconamach agus ìrean nas àirde de theachd-a-steach.
- **Ceanglaichean:** goireasan siubhail nas fheàrr chun nan sgìrean as fhaisge oirnn anns a bheil bailtean mòra agus ceangailteachd dhìdeatach luath, a tha ri faotainn aig pris shaor agus do gach uile duine.
- **Oilthighean:** foghlam àrd-ìre ri fhaotainn san sgìre, a' gabhail a-staigh Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean is e tàlaidheach agus a' fàs.
- **Seirbheisean:** seirbheisean poblach agus prìobhaideach matha air feadh na sgìre, air an leasachadh a bhith freagarrach do dh'fheumalachdan agus profaidhlean chosgaisean choimhearsnachdan dùthchail.
- **Coimhearsnachdan:** coimhearsnachdan ionadail a' gabhail pàirt nas motha ann a bhith a' deilbh dhaibh fhèin na tha an dàn dhaibh agus iad uaibhreach às na tha aig an sgìre ri a thairgsinn.
- **Na tha san amharc:** misneach leantainneach anns na tha an dàn don sgìre agus do na h-eaconamaidhean ionadail a tha nam pàirt dhith agus seasamh furanach ann a bith a' tàladh dhaoine.

Torrachadh

Is e a leanas amas Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais airson torrachadh:

- **A bhith anns a' chairteal as àirde airson torrachadh am measg ar prìomh chompanaich malairt anns a' Bhuidheann Co-obrachaidh is Leasachaidh Eaconamaich ro 2017.**

Tha a bhith ag àrdachadh ìrean torrachaidh na phàirt fìor chudromach den obair againn le gnothachasan air a bheil stiùireadh cunntasail, rud a chuidicheas le bhith ag àrdachadh teachd-a-steach agus phrothaidean agus a' toirt leudachadh air cosnadh. Agus cùisean doirbh a thaobh malairt do ghnòthachasan agus earrannan fa leth, 's e dùbhlán a tha seo, ach 's e aon de dh'fheartan ghnòthachasan air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan gu bheil iad comasach iad fhèin atharrachadh a-rèir mar a bhios freagarrach aig an àm. Mun tig àrdachadh anns a' phrothaid a thig às an sgìre do dh'Albainn, feumaidh an toradh ri gach neach-obrachaidh èirigh agus do ghnòthachasan a tha cudromach agus a tha a' fàs gu mòr bidh seo a' ciallachadh gum bi feum air seilbh airgid planaichte, leasachadh bathair agus leudachadh chun mhargaidhean ùra. Tha pàirt chudromach aig seilbh airgid a-steach ri a cluich cuideachd ann a bhith a' tàladh gnìomhachd eaconamach ùr, anns am bi barrachd leasachadh luach chun na roinn. Tha a bhith a' toirt piseach air bunait sgìlean na luchd-obrach agus a bhith a' cleachdadh nan sgìlean a th' ann cheana cuideachd nam pàrtean cudromach den fhreagairt againn air an dùbhlán a thaobh torrachadh. Bidh luchd-obrach nas sgìleile a' cur a-mach bathar anns am bi barrachd luach agus a thoradh air sin tha iad air chomas tuarastal nas fhàbharaiche a chosnadh.

Compàirteachadh

Is e amas Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais airson compàirteachadh:

- **Ar n-àite mar an dùthaich as àirde a thaobh coileanaidh gnothachais san Rìoghachd Aonaichte ann an compàirteachadh sa mhargadh-obrach a ghlèidheadh agus am beàrn leis na còig eaconamaidhean sa BCLE a dhùnadh ro 2017.**

Tha compàirteachadh sa mhargadh-obrach air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan am measg nan irean as àirde anns an Rìoghachd Aonaichte le còrr is 80% dhiubhsan a tha aig aois obrach ag obair agus irean cion-cosnaidh nas ìsle na bha iad riamh. Tha cuid de roinnean air an cuingealachadh le cion luchd-obrach agus le daoine òga a' gluasad a-mach às an sgìre 's iad a' sireadh chothroman cosnaidh ann an àiteachan eile. Tha eadar-dhealachadh mòr ann an irean cion-cosnaidh fad-ùine ann an diofar phàirtean den sgìre agus e air a dhèanamh nas miosa le duilgheadasan a thaobh a bhith iomallach agus ruigsinneachd air cothroman. Tha iomairtean sòisealta cudromach ann am beothalachd eaconamaidh na Gàidhealtachd is nan Eilean agus bidh iad a' toirt chothroman airson barrachd compàirteachaidh eaconamaich agus gus piseach a thoirt air cor-beatha.

Àireamh-sluaigh

Is e amas Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais airson àireamh-sluaigh:

- **An ire chuibhiseach Eòrpach (EU-15) airson àrdachadh ann an àireamh-sluaigh bho 2007 gus 2017 a ruighinn, air a chuideachadh le àrdachadh ann an dùil beatha fhallain ann an Alba feadh na h-ùine seo.**

Ma tha a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan a' dol a choileanadh nan amasan a tha air am mìneachadh ann an Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais, feumaidh sinn fàs a bhrosnachadh san t-sluagh anns gach ceàrn den sgìre a chum 's gun èirich an àireamh-sluaigh gu h-iomlan gu mu leth-mhillean feadh an 20 bliadhna seo tighinn no mar sin. Feumaidh sinn na pàtrain sluaigh airson na sgìre a chumail mar a tha iad air a bhith a' dol anns na bliadhnaichean mu dheireadh fad ùine mhòr, agus feumaidh sinn ar n-oidhirpean a neartachadh gus casg a chur air crìonadh sluaigh anns na sgìrean as cugallaiche. Bidh e fìor chudromach comas a bhith againn luchd-còmhnaidh ùr a thàladh agus daoine òga a chumail tro bhith a' solarachadh chothroman foghlam aig àrd-ìre, deagh chothroman cosnaidh agus taighean air pris reusanta. Bidh tàladh barrachd dhaoine cuideachd an urra ri cruthachadh choimhearsnachdan beòthail, cruthachail le cor-beatha, seirbheisean agus bun-structair nas fheàrr.

Dìlseachd, leantailachd agus seasmhachd


Is e amasan Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais a thaobh dìlseachd, leantailachd agus seasmhachd:

- **an teachd-a-steach gu lèir àrdachadh agus an roinn den teachd-a-steach aig na trì buidhnean cosnaidh as ìsle àrdachadh ro 2017**
- **am beàrn ann an compàirteachadh eadar an sgìre as fheàrr agus as miosa a tha a' dèanamh ann an Alba a lùghdachadh ro 2017**
- **lùghdachadh a thoirt air na thathar a leigeil às de ghasaichean anns an ùine gu ruige 2011**
- **lùghdachadh de 80% a thoirt air na thathar a' leigeil às de ghasaichean ro 2050.**

Gus **dìlseachd** a chur am feabhas, obraichidh sinn gus an-ionannachd a lùghdachadh air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan le bhith a' taisbeanadh ar cuid sheirbheisean do na coimhearsnachdan as bochda agus as iomallaiche. Chan eil aon nì a-mhàin na fhreagairt do dhùbhlain an tuarastail ìseil a tha an iomadach ceàrn den sgìre, ach bidh sinn ag amas air cosnadh ann an obair eaconamach far a bheil tuarastail nas àirde a leudachadh, mar eisimpleir, le bhith a' toirt fàs air an eaconamaidh fiosrachaidh agus le bhith a' stèidheachadh Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean.

Gus **leantailachd** a dhèanamh nas fheàrr, cumaidh sinn oirnn a' cur taic ri pròiseactan anns na ceàrnaidhean den sgìrean nach eil cho beairteach gus dèanamh cinnteach gum bi leasachadh cothrom air feadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean air fad. Tha ar dèiligeadh ri **leantailachd** a' gabhail ris gu bheil duilgheadasan nas motha ann an cois a bhith a' toirt phròiseactan air aghaidh ann an sgìrean iomallach agus gu bheil cosgaisean a bharrachd an cois a bhith a' còmhnaidh agus ag obair ann an àiteachan iomallach. Tha a bhith a' cuimseachadh taic-airgid a-rèir sgìrean a' cur ris a' phròiseas roinn ghoireasan agus tha e a' toirt stiùireadh obrachail farsaing air na prìomhachasan a thaobh aonadan gnothachais sgìreil. An taobh a-staigh nam feumalachdan leasachaidh aig sgìre HIE uile gu lèir, tha sinn ag aithneachadh gu bheil dùbhlain shònraichte mu choinneamh dà sheòrsa de sgìre: **sgìrean cugallach** agus **sgìrean le dìth-cosnaidh** (faic Ìomhaigh 1).

Ìomhaigh 1: Dùbhlain a rèir sgìre



Tha còrr air 56,000 neach no 13% de shluagh na Gàidhealtachd 's nan Eilean a' fuireach anns na sgìrean cugallach. Is e a gheibhear anns na sgìrean seo coimhearsnachdan a bhith air an lagachadh tro bhith a' call slugh, teachd-a-steach iseal, slugh tana agus iomallachd. Bidh HIE a' toirt prìomhachas do na sgìrean seo, agus cùl-taic ga chiuimseachadh ri pròiseactan a bheir fàs air an eaconamaidh agus a chuireas ri bhith a' neartachadh nan coimhearsnachdan seo anns an ùine fhada. Na sgìrean le dìth-cosnadh, dh'fhuiling iad, no tha iad an cunnart a bhith a' fulang, call mòran obraichean a thoradh air àiteachan cudromach a bhith a' dùnadh agus/air neo dìth-obrach leantainneach fad ùine mhòr air a thogail le atharrachadh structarail. Tha na sgìrean a tha air an comharrachadh an-dràsta a' gabhail a-staigh còig tuineachaidhean agus tha mu 58,000 daoine air chòmhnaidh annta (a-rithist mu 13% de shluagh na roinn).

Gus piseach a thoirt air **seasmhachd**, obraichidh sinn gus dèanamh cinnteach gum bi eaconamaidh shoirbheachail aig an sgìre seo far nach bi torrachadh an urra ri bhith a' leigeil ghasaichean taigh-gloine mu sgaoil agus far am bi na stòrasan air an cleachdadh cho math 's a ghabhas. Nas trice agus nas trice, gheibhear cumhachd bho mheasgachadh de phròiseactan ath-nuadhachail, eadar mhòr is bheag, air tìr agus aig muir. Nochdaidh cothroman gnothachais ùra ann a bhith a' cruthachadh stuthan airson taic a chur ris an atharrachadh seo. Gus cuideachadh ann a bhith a' coileanadh nan cothroman seo, bidh HIE a' feuchainn ris an taic a chur ri cothroman gnothachais cinneasach ùra a bhios a' solar do mhargaidhean sgìreil, nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Bidh seilbh airgid ùr air a brosnachadh gus an cothrom a ghabhail air na cothroman sin. A bharrachd air sin, bidh an obair seo a' cuideachadh ann a bhith a' brosnachadh gnothachasan a bheir buannachd eaconamach ann an dòigh a ghabhas beachd air dleasan sòisealta chompanaidhean agus a lùghdaicheas am feum a nìthear de stuthan nach gabh ath-nuadhachadh.

Bidh na trì dùbhlain a bhith a' toirt fàs air **torrachadh**, **compàirteachas** agus **slugh** a' daingneachadh a chèile agus còmhla bidh iad nam bunait a bhith a' liubhairt fàs seasmhach air feadh na roinn. Tha HIE fhathast dealasach a bhith a' liubhairt an amais seo air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan, a' gabhail beachd mar as còir air mar a tha cùisean eaconamach a' sìor-atharrachadh.

Èifeachd a' chrionaidh san eaconamaidh

Chaidh adhbharan a' chrionaidh san eaconamaidh dhomhanta a sgrùdadh agus a chur an sgrìobhadh fad' is farsaing. Chan eil a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan dìonta o mar a tha cùisean a' dol aig an ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta, ach feumar cuimhneachadh gu bheil mòran gnothachasan san roinn cleachdte ri bhith a' tighinn beò ann an suidheachaidhean a chitheadh feadhainn eile mar chruadal, rud a dh'fhàgas gu bheil iad nas innleachdaiche agus nas adhartaiche. Am measg nan trioblaidean bitheanta a tha a' tighinn às a' chrionadh don Ghàidhealtachd is na h-Eileanan tha na leanas:

- maille a bhith a' tighinn air a' mhargadh thaighean agus lùghdachadh mòr ann a bhith a' togail taighean priobhaideach ùra.
- lùghdachadh ann an gnothachasan agus taigheadasan a bhith a' faotainn creideas o bhancaichean agus iad a' cumail air ais o bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean cudromach a thaobh seilbh airgid.
- obraichean gnìomhachasach no malairteach mòra a tha an eisimeil eileamaid taigheadas priobhaideach a bhith air an cur ann an cunnart no dàil a bhith ga cur annta.
- gnothachasan a' dèanamh iomradh air lùghdachadh san airgead a tha ga chost air a' bhathar agus na seirbheisean aca.

Rud cudromach a tha a' tighinn às èiginn nam bancaichean a dh'fhaodadh bualadh gu fad-ruigheach air an eaconamaidh san fharsaingeachd, is e sin prìs airgead a bhith ag èirigh, gu sònraichte airson for-tharraing no coinghill neo-cheangailte, cho math ris an neo-chinnteachd mun mhaoineachadh a bhios ri fhaotainn san àm ri teachd. Ma bhios e doirbh grèim fhaotainn air calpa obrachail nì sin cron air coileanadh nan iomadach gnothachas beag a tha ag obair san sgìre.

Tha an suidheachadh eaconamach a th' ann an dràsta air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan caochlaideach, le cuid de gnothachasan agus earrannan cudromach a' dèanamh gu math agus trioblaidean aig feadhainn eile:

- **Gnìomhachasan cruthachail:** tha toraidhean a' chinn as àirde a tha a' seirbheiseachadh margaidhean eadar-nàiseanta fhathast a' soirbheachadh, ach chan eil meanbh-gnothachasan (rud a tha mòran dhiubh ann san roinn) a tha an eisimeil air miadh san dùthaich seo fhèin, a' dèanamh cho math.
- **Cumhachd:** agus prìs ùilleadh fhathast caochlaideach, leanaidh daoine orra san ùine fhada a' tionndadh a dh'ionnsaidh cumhachd a thig à rudan eile, agus leasachadh na h-earrainn seo fhathast na chothrom cudromach don roinn san ùine fhada.

- **Seirbheisean ionmhasail agus gnothachais:** chan eil an earrann seo mòr, ach tha na toraidhean agus na seirbheisean a tha gan tairgsinn cudromach ann an cuid de dh'eaconamaidhean ionadail.
- **Biadh agus deoch:** is e caochladh sgeulan a gheibhear anns a' mhargadh san dùthaich seo, ach tha cuid de ghnìomhachasan, agus margaidhean thall thairis air an aire, (a leithid uisge-beatha) fhathast a' fàs gu làidir.
- **Saidheansan beatha:** tha a' mhòr-chuid de na gnothachasan beag agus faodaidh gum bi e nas dorra dhaibh calpa fhaotainn an-dràsta, agus slatan-tomhais nas cruaidhe ann a thaobh coinghill a thoirt.
- **Turasachd:** a rèir coltais tha gnìomhachd air crìonadh nas luaithe ann an sgìrean nas iomallaiche agus nas dùthchaile na anns na prìomh bhailtean, ach tha an earrann seo fhathast air fear de na gnìomhachasan as motha san roinn, agus Tilleadh 2009 anabarrach cudromach.
- **Oilthighean:** tha cur an seilbh san earrann seo fhathast ga chur air thoiseach gu mòr le buidhnean poblach, a dhèanamh cinnteach gum bi sruth foghainteach de luchd-obrach agus sgilean àrd-ìre aca a' tighinn a-steach don mhargadh obrach a chuideachadh gus an t-eaconamaidh iomain às an staing anns a bheil e an-dràsta. Air a shon sin, bidh e cudromach cuideachd meudachadh a thoirt air an eòlas a tha ga thoirt a-nunn an-dràsta o earrainn nan oilthighean do ghnòthachasan ann an Albainn agus barrachd miadh a bhrodadh air saidheans agus teicneolas taobh a-staigh do shaoghal gnothachais.

Bheir an earrann togail tuairmse math air mar a tha misneach agus cur an seilbh ann am pàirtean eile den eaconamaidh. O chionn's gu robh ro-phiseach air an earrainn seo anns na bliadhnan seo chaidh, gabhaidh beagan crìonaidh san ùine ghoirid fulang, ach tha trioblaidean an dèidh bhith aig gnothachasan a tha an eisimeil togail ùr. Le creideas a bhith cuingealaichte thàinig ùghdachadh air a' mhiadh èifeachdach air taighean air feadh na roinne.

Nuair a bhios cruadal ann san eaconamaidh, is e na h-eaconamaidhean as motha anns a bheil caochladh rudan eadar-dhealaichte a' dol as fheàrr a thig às. Mar sin, is coltach nach bi cùisean cho doirbh ann an Inbhir Nis agus Timcheall Chaolas Mhoireibh is a bhios iad ann an àiteachan nas iomallaiche feadh a' chruadail seo san eaconamaidh. Air a shon sin, bidh eaconamaidhean eileanan am bitheantas nas dìogmhalla na shaoileas duine, dìreach o chionn's gu bheil iad innleachdach, nas fèin-fhoghaintiche agus le caochladh sheòrsaichean obrach a' dol, nas buailtiche a bhith a' tighinn às nas fheàrr nuair a bhios cuid de dhaoine gun obair no nuair a bhios ìrean cosnaidh ìseal. Tha e na bhunait do neart eaconamaidh na roinne an ìre dìth-obrach a bhith a' fuireach ìseal agus seasmach. Air a shon sin, is coltach gum faic an sgìre àrdachadh san ìre dìth-obrach mar a bhuaileas an crìonadh san eaconamaidh oirre.

Tha tuairmsean airson fàs ann an eaconamaidhean na Rìoghachd Aonaichte agus na h-Alba an dèidh bhith air an toirt a-nuas. Ma bhios oidhirpean air an cuimseachadh air a bhith a' cumail fàs agus misneach gnothachais suas anns an eaconamaidh, leigidh seo leis an roinn a bhith nas cruadalaiche agus fàgaidh e i ann an suidheachadh nas fheàrr a bhith a' fàs gu làidir agus gu seasmach anns an ùine nas fhaide. Tha e deatamach an roinn a bhith farpaiseach mun gabh seo coileanadh, agus an t-eaconamaidh a bhith a' leantainn slighean ùra ann an earrannan anns am bi barrachd leasachadh luach cho math ri piseach ùr a bhith air a thoirt air na coimhearsnachdan as cugallaiche.

Freagairt HIE air an t-suidheachadh a th' ann an-dràsta san eaconamaidh

O 1 den Ghiblean 2009, gabhaidh seirbheis Shlighe Gnothachais, fo rianachd ùghdarrasan ionadail air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean, an t-uallach o HIE airson mòran den fhreagairt thràthail aige air a' chrìonadh san eaconamaidh, a' gabhail a-staigh na loidhne fiosrachaidh ghnòthachais, sheiseanan comhairle fa leth do dh'aon duine aig an àm agus a bhith a' solar freasdal-lannan gnothachais ionadail. Bidh cuibhreann HIE den obair mar phàirt de fhreagairt na h-earrainn phoblaich air an t-seacadh a' cuimseachadh gu sònraichte air na raointean a leanas:

Seirbheisean comhairle

Bheir HIE comhairle speisealta do ghnòthachasan cudromach agus don fheadhainn a dh'fhaodadh comas fàis a bhith aca cho math ri cothrom air buidhnean cùl-taic nàiseanta mar a tha Seirbheis Comhairle Saothrachaidh na h-Alba agus Leasachadh Eadar-nàiseanta na h-Alba.

Sgrùdaidhean air an eaconamaidh agus gnothachas

Bidh HIE a' coimiseanadh rannsachadh neo-eisimeileach agus a' co-obrachadh gu dlùth le saoghal gnothachais, bancaichean agus buidhnean riochdachail air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan a chur còmhla fiosrachadh àrd-ìre mu ghnòthachas gus an tuigse a th' againn air èifeachd an t-seacaidh dhomhanta air a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan a chur am feabhas.

Prògram de sgoiltean àrd-ìre ann an gnothachas / colabhairtean tron eadar-lìon

Bheir prìomh luchd-labhairt chliùiteach òraidean do luchd gnothaich air cùisean a tha air an comharrachadh leothasan a tha ag obair an saoghal gnothachais mar rudan sònraichte cudromach anns an t-suidheachadh a th' ann an-dràsta. Thèid na sgoiltean/colabhairtean a chraoladh beò tron eadar-lìon agus bidh iad ri am faotainn air feadh an t-saoghail. Anns na ciad cholabhairtean chaidh bruidhinn air mar a thigeadh gnothachasan beò tro sheacadh agus stiùireadh ionmhasail ann an seacadh agus bidh feadhainn ri teachd a' dèiligeadh ri luchd-obrach a spreigeadh, pròiseasan gnothachais seanga, reic is margaideachd agus cleachdadh cumhachd is lùghdachadh a thoirt air ana-caitheamh.

Prògram comhairle is cùl-taic do ghnòthachasan

Solairidh HIE, an compàirteachas le Seòmraichean Malairt na h-Alba, innleachd cùl-taic airson comhairleachadh eadar an dàrna gnothachas is am fear eile. Bheir am prògram cùl-taic prataigeach do ghnòthachasan ùra agus feadhainn a tha a' fàs. Tha tuilleadh cùl-taic ri fhaotainn cuideachd tro Phrògram Leasachaidh Institiud nan Stiùirichean.

Seilbh airgid

Ann an cùisean roghnaichte beachdaichidh HIE air a bhith a' cleachdadh taic De Minimis no Tabhartas Cuideachadh le Riadh (IRG) a choileanadh choinghill às àiteachan eile. Gnothachas sam bith a tha fìor chudromach do dh'eaconamaidh na sgìre no na roinn a tha air chomas sealltainn gun urrainn dha bhith seasmhach san àm ri teachd faodar beachdachadh air cuideachadh a thoirt dha.

Prògram deisealachd airson luchd-seilbh

Bheir HIE taic do ghnòthachasan a tha a' fàs agus a tha ag iarraidh màileid seilbh airgid a chur còmhla. Bidh an taic a' gabhail a-staigh cuideachadh le cost daoine dreuchdail fhadthadha a dh'ullachadh ro-mheasaidhean, sgrùdadh-mothachaidh a dhèanamh, rannsachadh margaidh is eile agus cuideachadh le fiosrachadh den t-seòrsa a thaisbeanadh ann an dòigh phroifeiseanta.

Cothroman leasachaidh do dh'iomairtean sòisealta

Co-oibrichidh HIE le Slighe Gnothachais agus an companaidh leas coimhearsnachd HISEZ a thoirt taic do dh'iomairtean sòisealta a thoirt comas dhaibh a bhith a' comharrachadh cothroman a dh'fhaodadh a bhith ann a dhèanamh cinnteach gum bi goireasan agus seirbheisean teasairginn ann ann an coimhearsnachdan dùthchail a dh'fhaodas a bhith ann an cunnart a thoradh air a' chruadal a th' ann an-dràsta a thaobh an eaconamaidh.

Rèiteachaidhean PACE nas treasa

Tha HIE ag obair le compàirtichean aig a bheil àite cudromach sa ghnòthach a dhèanamh cinnteach gum bi seirbheis PACE (Obair Compàirteachais airson Cosnadh Leantainn) air a liubhairt air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean a chuimsicheas air a bhith a' dèanamh cheanglaichean ann an dòigh fhor-ghnìomhach le gnothachasan a chum 's nach bi daoine, no uiread dhaoine co-dhiù, a' call an obraichean mar a dh'fhaodadh tachairt, cho math ri bhith a' liubhairt seirbheis nuair a dh'iarrar i do dhaoine a chaill an cosnadh.

Cunntasan a phàigheadh ann an deich làithean

Tha HIE a' toirt gealltanais gum pàigh i cunntasan nach eil connspaid mun timcheall ann an deich làithean-obrach an dèidh dhaibh am faotainn.

EARRANN 2

Buidseatan agus amasan

Buidseatan 2009/12

	Buidseat 2009/10 £000	Ro-aithris 2010/11 £000	Tuairmse* 2011/12 £000
TEACHD-A-STEACH			
Bun-loidhne Taic-airgid mar Chobhair Cobhair Ghoireasan	59,079 13,992	59,229 13,992	59,229 13,992
Teachd-a-steach GIA gu h-iomlan	73,071	73,221	73,221
Maoin on Aonadh Eòrpach	5,000	7,000	8,000
Maoin o Theachd-a-Steach	6,207	5,310	5,310
Teachd-a-Steach Calpa	1,100	2,100	3,100
Teachd-a-steach eile gu h-iomlan	12,307	14,410	16,410
TEACHD-A-STEACH GU H-IOMLAN	85,378	87,631	89,631
COSGAIS			
Farpaiseachd na Roinne			
Bun-structair	11,500	12,500	13,800
Gnìomhachd a thaobh Dith-cosnaidh	4,200	4,000	4,000
Rannsachadh is Leasachadh Roinneil	1,500	2,250	2,250
Gnothachasan air a bheil Stiùireadh Cunntasail			
Airgead seilbh	11,000	11,500	12,000
Comhairle Speisialta	1,500	1,500	1,500
Sealbh	7,150	8,500	8,500
Prìomh Earrannan	3,000	3,500	3,500
Neartachadh Choimhearsnachdan			
Fàs aig an Oir	2,250	2,750	3,250
Airgead seilbh	2,450	3,000	3,000
Stiùireadh Stòrasan Coimhearsnachd	2,400	2,500	2,500
Ealain agus Cultar	1,500	1,500	1,500
Fiosrachadh, Planadh agus Conaltradh	936	939	939
Airgead seilbh gu h-iomlan	49,386	54,439	56,739
Slighe Gnothachais - Cur a-nunn	2,000	2,000	2,000
Cosgaisean Ghoireasan	13,992	13,992	13,992
Cosgaisean Oibreachaidh	17,500	17,200	16,900
Ath-bhuannachadh Easbhaidh Pheinnseanan	2,500		
COSGAIS GU H-IOMLAN	85,378	87,631	89,631

*Tha na riarachaidhean airson 2011/12 an urra ri buil an ath Bhreithneachaidh Chosgais aig Riaghaltas na h-Alba

Is e buidseat gu math doirbh a th'ann am fear 09/10. Bidh teachd-a-steach eile fada nas isle na bhathas an dùil an toiseach o chionn's nach gabh na suimean 'as àbhaist' de chalpa faotainn tro bhith a' reic sealbh le cho sladach 's a tha am margadh. Mar sin, bidh e anabarrach cudromach uiread 's a ghabhas a bhith againn de theachd-a-steach o mhaoin an Aonaidh Eòrpaich agus de theachd-a-steach san fharsaingeachd. Tha na cosgaisean airgead seilbh gu h-iomlan an dèidh bhith air an socrachadh aig £49.386m, agus tha comharra-cluaise air mòran den bhuidseat seo cheana is gun e a' toirt mòran comais dhuinn cothroman mòra cur-an-seilbh a mhaoineachadh. Tha amas calpa HIE airson 09/10 an dèidh bhith air a shocrachadh aig £8.2m.

Amasan 2009/12

Tha Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais a' leigeil ris amasan àrd-ìre airson fàs eaconamach cinneasach seasmhach:

- An aon ìre fàis ri dùthchannan beaga neo-eisimeileach an Aonaidh Eòrpaich a choileanadh a thaobh a' Mhòr Thoraigh Dhùthchail ro 2017.
- Ìre fàis a' Mhòr Thoraigh Dhùthchail ann an Albainn àrdachadh gu ìre na Rìoghachd Aonaichte ro 2011.
- A bhith anns a' chairteal as àirde airson torrachadh am measg ar prìomh chompanaich malairt anns a' Bhuidheann Co-obrachaidh is Leasachaidh Eaconamaich ro 2017.
- Ar n-àite mar an dùthaich as àirde a thaobh coileanaidh gnothachais san Rìoghachd Aonaichte ann an compàirteachadh margaidh-obrach a ghleidheadh agus am beàrn leis na còig eaconamaidhean sa BCLE a dhùnadh ro 2017.
- An ìre chuibhiseach Eòrpach (EU-15) airson àrdachadh ann an àireamh-sluaigh bho 2007 gus 2017 a ruighinn, air a chuideachadh le àrdachadh ann an dùil beatha fhallain ann an Alba feadh na h-ùine seo.
- An teachd-a-steach gu lèir àrdachadh agus an roinn den teachd-a-steach aig na trì buidhnean cosnaidh as ìsle àrdachadh ro 2017.
- Am beàrn ann an compàirteachadh eadar an sgìre as fheàrr agus as miosa a tha a' dèanamh ann an Alba a lùghdachadh ro 2017.
- Lùghdachadh de 80% a thoirt air na thathar a leigeil às de ghasaichean ro 2050 agus lùghdachadh a thoirt air na thathar a leigeil às de ghasaichean anns an ùine gu ruige 2011.

Tha pàirt fìor chudromach aig HIE ri a cluich ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun cuidich a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan gu mòr le bhith a' coileanadh nan amasan nàiseanta. Bha na h-amasan seo air an toirt fa-near ann a bhith a' socrachadh nan toraidhean a bha a dhìth anns an roinn agus, a' leantainn bho sin, ann a bhith a' taghadh nam pròiseactan cruth-atharrachail agus nam prògraman iomairt a bhios HIE a' coileanadh.

An t-àite a th' aig HIE ann a bhith a' coileanadh amasan Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais - ìre na roinn

Tha HIE a' dèanamh feum de na goireasan aice a chum 's gun cuidich a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan cho mòr is a ghabhas le dùbhlain Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais. Tha na co-phàirtean air an toirear gearr-chunntas sa chlàr a leanas nam mianntan ion-dhèante:

Dùbhlain	Co-phàirt na Gàidhealtach is nan Eilean	Àite HIE
Fàs eaconamach	Ìre fàis GVA air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan ri bhith a' ruigsinn ìre fàis na h-Alba ro 2011	Mòr
Torrachadh	Àrdachadh de 20% ann an ìrean torrachaidh ann an gnothachasan le fàs cuidichte ro 2011	Mòr
Àireamh-sluaigh	Ìre fàis chuibheasach de 0.7% gach bliadhna san àireamh-sluaigh 2008-17	Mòr
Compàirteachas	Gum bi compàirteachas eaconamach aig 85% den t-sluaigh a tha aig aois obrach	Taiceil
Dilseachd	Ardachadh a thoirt air ìrean meadhanail tuarastail a thaobh an fhìor luach a th' anna	Mòr
Leantalachd	Àrdachadh anns an àireamh-sluaigh agus ìrean tuarastail nas àirde anns na sgìrean as duilghe sin a dhèanamh	Mòr
Seasmhachd	Ìrean nan gasaichean a tha gan leigeil às air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan a lùghdachadh	Taiceil

Mar a leigeas an clàr fhaicinn, tha HIE agus àite cudromach aice ann a bhith a' ruigsinn an amais a thaobh còig de na seachd dùbhlain, agus a' toirt taic ann a bhith a' ruigsinn na dhà eile. Tha an roinn phrìobhaideach air leth cudromach ann a bhith a' coileanadh fàs eaconamach agus tha HIE ag obair gus dèanamh cinnteach gu bheil miann nan amasan air a roinn gu h-iomlan le gnothachasan fa-leth agus le am buidhnean riochdachaidh.

Ged a tha bacadh ga chur air na ghabhas dèanamh de thomhas air a' Ghàidhealtachd is anns na h-Eileanan leis an staitistearachd mun roinn a bhith gann is gun i dìongmhalta gu leòr, tha HIE a' cumail sùil air an adhartas a tha ga dhèanamh a dh'ionnsaidh nan amasan gu h-àrd gach bliadhna gus fradharc san fharsaingeachd a thoirt air mar a tha an sgìre a' cur ri amasan Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais.

An t-àite a th' aig HIE ann a bhith a' coileanadh amasan Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais - ìre nam pròiseact

Is e pàirt air leth cudromach den obair aig HIE a th' anns na pròiseactan cruth-atharrachail anns am bi iad an sàs. Chaidh iad seo a thaghadh a rèir dè cho cudromach is a tha iad don sgìre a thaobh ro-innleachd agus dè na a stòrasan HIE a bhios nan lùib. Bheir na clàran a leanas liostaichean de na pròiseactan cruth-atharrachail a tha (a) gan cur an gnìomh cheana no da bheil airgead comharraichte agus (b) aig ìrean planaidh no measaidh thòiseachail. Leigear fhaicinn na prìomh dhòighean a chuireas gach pròiseact ri dùbhlain Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais, cho math ris na prìomh thoraidhean. Chithear càit a bheil na pròiseactan air a' chlàr-dùthcha aig deireadh na h-earrainn seo (taobh-duilleige 16). Tha obair ga dèanamh an-dràsta a thomhas nan èifeachdan ris a bheilear am fiughair o na pròiseactan is na prògraman seo a thaobh GVA. Ged a tha an obair seo na pàirt chudromach de bhith a' cur an cèill nam buannachdan a bhios air an solar don roinn, le cho ioma-fhillteach is a tha na seilbhean airgid seo agus leis na clàran-àma caochlaideach a tha nan lùib agus le cuid dhiubh a bhith cudromach aig an ìre nàiseanta cho math ris an tè roinneil, tha e cudromach caochladh thaisbeanairan a chleachdadh gus measadh a dhèanamh air an èifeachd a bhios aca air na h-amasan a tha air an leigeil ris an Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais.


Pròiseactan cruth-atharrachail - a tha gan cur an gnìomh cheana (figearan tuairmseach sa Mhàrt 2009)

Pròiseact	Èifeachd a thaobh GVA	Èifeachdan Eile a thaobh GES	Prìomh Thoraidhean	Cur-a-Steach HIE (£m)	2009/10 (£m)	2010/11 (£m)	2011/12 (£m)
Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean	Mòr, Fad-ùineach	Torrachadh Àiream h-sluaigh Leantalachd	<ul style="list-style-type: none"> Oilthigh beothail air caochladh làraichean a thàlaidheas oileanaich on Rìoghachd Aonaichte agus nas fhaide às Sruth de dhaoine air ceumnachadh a chuireas ri eaconamaidh na roinn Comas rannsachaidh làidir a bhios na bhunait do dh'earrannan cinneasach a tha stèidhichte air eòlas 	5.3	3.1	2.0	0.2
Ionad Cumhachd Mara Eòrpach (EMEC)	Meadhanail, Fad-ùineach	Seasmhachd	<ul style="list-style-type: none"> Goireas rannsachaidh cumhachd mara aig ìre dhomhanta, a' toirt taic do dh'earrann cumhachd ath-nuadhachail na mara agus a' solar buannachdan eaconamach cudromach do dh'Albainn 	2.1	1.9	0.2	
Plana Gnìomh Ghallaibh agus Taobh Tuath Chataibh	Meadhanail /Mòr, Meadhanail/ Fad-ùineach	Torrachadh Àiream\ h-sluaigh Leantalachd	<ul style="list-style-type: none"> Eaconamaidh cinneasach iolcheàrdach an dèidh do dh'ionad niucلاسach Dhùn Rath a bhith air a dhùnadh 	0.9	0.6	0.2	0.1
Leasachadh Àrainn Oilthigh Inbhir Nis	Meadhanail/Mòr, Fad-ùineach	Àireamh-sluaigh	<ul style="list-style-type: none"> Àrainn oilthigh ùr-nodha ann an Inbhir Nis, a thàlaidheas sàr luchd-obrach agus àireamhan mòra de dh'oileanaich, le co-cheanglaichean sònraichte ris an earrainn chùram slàinte 	3.1	2.8	0.2	0.1
Iomairt Saidheans Mara Earraghaidheil	Meadhanail, Fad-ùineach	Torrachadh Àiream h-sluaigh Seasmhachd	<ul style="list-style-type: none"> Sàr-ionad eadar-nàiseanta airson saidheans mara, a' gabhail a-staigh rannsachadh is leasachadh, foghlam agus malairt 	1.0	1.0		
Plana Gnìomh Chinn Tìre	Meadhanail, Meadhanail/ Fad-ùineach	Torrachadh Compàirteach as Àireamh-sluaigh Leantalachd	<ul style="list-style-type: none"> Eaconamaidh nas iolcheàrdaiche agus ath-bheothaichte, stèidhichte air cumhachd ath-nuadhachail a sholar agus a bhith ag ath-chruthachadh a' cheangail bhàta-aiseig ri Èirinn a Tuath 	0.16	0.06	0.06	0.04
Mareel, Sealtainn	Meadhanail, Meadhanail/ Fad-ùineach	Àireamh-sluaigh	<ul style="list-style-type: none"> Ionad aig a bheil cliù eadar-nàiseanta airson nan gnìomhachasan cruthachail, is e na chruinn-ionad airson fàs is leasachadh na h-earrann seo ann an Sealtainn agus nas fhaide às 	1.0	0.7	0.3	
Ionad Rannsachaidh Chlionaigich OGE	Meadhanail, Fad-ùineach	Àireamh-sluaigh	<ul style="list-style-type: none"> Ionad airson obair rannsachaidh is leasachaidh ann an cùram slàinte air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan, le cothroman co-oibreachaidh agus comasachd ann gun tig gnothachasan luachmhor às 	1.4	0.7	0.7	
Greenspace Research, Steòrnabhagh	Meadhanail, Fad-ùineach	Torrachadh Àireamh-sluaigh Seasmhachd	<ul style="list-style-type: none"> Aonad rannsachaidh leudaichte ann an Steòrnabhagh, le fòcas air lùth-èifeachdas agus deilbh thogalaichean uaine gus eisimeileachd a lùghdachadh air seòrsaichean cumhachd nach eil ath-nuadhachail 	0.5	0.1	0.3	0.1
Ionad nan Gnìomhachasan Cruthachail agus nam Meadhanan, Steòrnabhagh	Meadhanail, Fad-ùineach	Torrachadh Àireamh-sluaigh	<ul style="list-style-type: none"> Ionad beothail a tha na mheadhan air obair shoirbheachail a thoirt air aghaidh anns na gnìomhachasan cruthachail, a' gabhail a-staigh a bhith a' leudachadh craoladh anns na meadhanan Gàidhlig 	0.8	0.3	0.5	
Inward Investment, Machaire Shanais	Meadhanail/ Mòr, Meadhanail/ Fad-ùineach	Torrachadh	<ul style="list-style-type: none"> Gnothachas soirbheachail a bhios a' dèanamh thùran roth-gaoithe, agus e a' tairginn cothroman luachmhor a thaobh cosnadh agus na sèine sholair 	5.6	5.6		
Iomlan				21.86	16.86	4.46	0.54

Pròiseactan cruth-atharrachail - ri tighinn (figearan tuairmseach sa Mhàrt 2009)

Pròiseact	Èifeachd a thaobh GVA	Èifeachdan Eile a thaobh GES	Prìomh Thoraidhean	Cur-a-Steach HIE (£m)	2009/10 (£m)	2010/11 (£m)	2011/12 (£m)
Bun-structair Cur-à-Seirbheis Shealtainn	Meadhanail, Fad-ùineach	Torrachadh Àireamh-sluaigh	• Goireas airson faotainn cuidhteas seann chroinn-ola às an Fhairge a Tuath a thairgeas cothroman luachmhor a thaobh cosnaidh agus na sèine sholair	2.6	0.1	0.5	2.0
Leasachadh Àrainn Oilthigh Inbhir Nis	Meadhanail/Mòr, Fad-ùineach	Àireamh-sluaigh	• Àrainn oilthigh ùr-nodha ann an Inbhir Nis, a thàlaidheas sàr luchd-obrach agus àireamhan mòra de dh'oileanaich, le co-cheanglaichean sònraichte ris an earrainn chùram slàinte	24.6	3.8	8.2	12.6
Cruinn-ionad Scapa Flow airson Bocsaidhean-Stòraidh a Ghiùlan thar Mara	Meadhanail, Fad-ùineach	Torrachadh Àireamh-sluaigh	• Goireas mòr airson giùlan mara a tha ceangailte ri slighean seòlaidh eadar-nàiseanta agus a sholaras buannachdan eaconamach cudromach do dh'eaconamaidh na h-Alba	0.4	0.2	0.2	
Pàirc Cumhachd Mara EMEC, Àrcaibh	Meadhanail, Meadhanail/Fad-ùineach	Seasmhachd	• Goireas seasmhach airson rannsachaidh is malairt le fòcas air an earrainn cumhachd mara ath-nuadhachail	5.0		2.5	2.5
Pròiseact Cumhachd Mara a' Chaol Àrcaich	Meadhanail/Mòr, Fad-ùineach	Seasmhachd	• Gnìomhachas cumhachd mara sa Chaol Àrcaich a tha cudromach aig an ìre dhomhanta, agus a bheir buannachdan cudromach don eaconamaidh ionadail agus nàiseanta	2.0	0.6	0.9	0.5
Seilbhean airgid mòra air an stiùireadh leis an earrainn phrìobhaideach	Meadhanail, Meadhanail/Fad-ùineach	Torrachadh	• Pròiseactan mòra a thoirt leudachadh air gnòthachas ann an trì àitichean air feadh na roinn aig a' char as lugha.	8.0	1.4	3.6	3.0
Ionad airson Cumhachd agus na h-Àrainneachd, Inbhir Theòrsa	Meadhanail, Fad-ùineach	Torrachadh Seasmhachd	• Ionad airson rannsachaidh is leasachaidh agus malairt air a thogail a dh'aona ghnòthach, agus a' speisealachadh ann an cùisean cumhachd is àrainneachd agus a' tairginn àite altram airson cothroman gnòthachas a thig à rannsachadh	3.0	0.3	1.8	0.9
Àirinis, Leòdhas Goireasan Cur-ri-chèile air a' Mhuir Factaraidh Saothrachaidh Stàilinn Leasachadh Bun-structair Seilbh Airgid a-steach	Mòr	Torrachadh	• Gnìomhachas saothrachaidh farpaiseach, seasmach ag obair le cumhachd ath-nuadhachail, agus cothroman luachmhor a' tighinn na lùib a thaobh cosnaidh agus na sèine-sholair	4.0 2.5 2.0 3.0	0.2 1.5 1.5 1.5	3.5 1.0 0.5 1.5	0.3
Ro-innleachd Leasachaidh Gnìomhachas a' Chlò Mhòir	Meadhanail, Meadhan-ùineach	Torrachadh Àireamh-sluaigh	• Gnìomhachas Clò Mòr ath-bheothaichte is prothaideach, air a threòrachadh leis a' mhargadh, a chuidicheas le coimhearsnachdan iomallach anns na h-Eileanan Siar a chumail seasmhach	2.5	0.7	0.8	1.0
Prògram Mhoireibh 2020 Pàirc Gnòthachais Buckie Togalach Saidheans Beatha, Forres Leudachadh Fàire na h-Alba	Meadhanail/Mòr, Meadhan/Fad-ùineach	Torrachadh Àireamh-sluaigh	• Eaconamaidh ionadail soirbheachail agus barrachd is barrachd GVA ga sholar tro fhàs agus iolcheàrdachas agus na cothroman cosnaidh a thig nan lùib	1.6 2.2 1.6	0.3 2.2	0.5 0.8	0.8 0.8
Plana Gnìomh Ghallaibh agus Taobh Tuath Chataibh	Meadhanail/Mòr, Meadhan/Fad-ùineach	Torrachadh Àireamh-sluaigh Leantailachd	• Eaconamaidh cinneasach iolcheàrdach an dèidh do dh'ionad niuclasach Dhùn Rath a bhith air a dhùnadh	5.4	2.3	2.1	1.0
Leasachadh Bun-structair Rannsachaidh is Ionnsachaidh OGE	Meadhanail/Mòr, Meadhan/Fad-ùineach	Torrachadh Àireamh-sluaigh Leantailachd	• Comas rannsachaidh stèidhichte ann an OGE agus cliù aige airson obair rannsachaidh air gnòthaichean a bhuineas don mhuir, don àrainneachd, do shlàinte ann an àitichean dùthchail agus lipidomaig	6.0	0.9	3.1	2.0
Plana Gnìomh Chinn Tìre	Meadhanail, Meadhan/Fad-ùineach	Torrachadh Compàirteach as Àireamh-sluaigh Leantailachd	• Eaconamaidh nas iolcheàrdaiche agus ath-bheothaichte, stèidhichte air cumhachd ath-nuadhachail a sholar agus a bhith ag ath-chruthachadh a' cheangail bhàta-aiseig ri Èirinn a Tuath	4.0	1.3	1.8	0.9
Iomairt Saidheans Mara Earraghaidheil	Meadhanail, Fad-ùineach	Torrachadh Àireamh-sluaigh Seasmhachd	• Sàr-ionad eadar-nàiseanta airson saidheans mara, a' gabhail a-staigh rannsachadh is leasachadh, foghlam agus malairt	10.8	2.4	5.4	3.0
Storas Uibhist	Meadhanail Meadhan/Fad-ùineach	Àireamh-sluaigh Dìlseachd Leantailachd	• Coimhearsnachd a tha beothail is seasmhach a thaobh an eaconamaidh, a' chomainn shòisealta agus a' chultair	0.8	0.3	0.5	
Iomlan				92.0	21.5	39.2	31.3

Ìomhaigh 2: Profaidhl seilbh airgid nam pròiseactan cruth-atharrachail



An t-àite a th' aig HIE ann a bhith a' coileanadh amasan Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais - ìre nam prògraman

Is e dàrna pàirt mhòr de dh'obair HIE na prògraman iomairt a bhios iad a' gabhail os làimh. Tha iad seo gu sònraichte cudromach fo na cinn Gnothachasan air a bheil Stiùireadh Cunntasail agus Neartachadh Choimhearsnachdan (faic Earrann 3). Tha an clàr a leanas a' leigeil fhaicinn an t-sreatha de thomhasan fàis airson nam prìomh phrògraman thar nan trì bliadhna de dh'ùine planaich. Tha e a' gabhail a-staigh amasan airson na h-obrach a tha ri a gabhail os làimh anns gach bliadhna agus a' bhui ris a bheilear am fuighair san treas bliadhna a thoradh air na h-obraichean sin. Tha a h-uile tomhas bunaichte air mìneachadh soilleir agus cruinnichear data airson gach pasgan cuideachaidh fa-leth ann an dòigh rianail fhollaiseach tro Cho-rian Stiùiridh HIE:

Tomhasan Fàis	2009/10	2010/11	2011/12
Gnothachasan air a bheil Stiùireadh Cunntasail			
Gnothachasan air a bheil stiùireadh cunntasail agus planaichean leudachaidh aca	150	150	100
Àireamh iomlan thionalach de gnothachasan air a bheil stiùireadh cunntasail	250	400	500
Luach a bharrachd a thaobh fàs nàiseanta tro gnothachasan air a bheil stiùireadh cunntasail (£m)	£85m	£85m	£85m
Clàr Tuarastail na Roinn Phrìobhaidich	125	130	135
Neartachadh Choimhearsnachdan			
Iomairtean sòisealta fo stiùireadh cunntasail is planaichean leudachaidh aca	40	30	20
Àireamh iomlan thionalach de dh'iomairtean sòisealta fo stiùireadh cunntasail	80	110	130
Àrdachadh ann an luach malairt anns an eaconamaidh shòisealta	£2m	£2m	£2m
Coimhearsnachdan fo stiùireadh cunntasail is planaichean leudachaidh aca	18	12	12

Sgrùdadh agus aithisgean

Bidh adhartas ann an coileanadh amasan phròiseactan chruth-atharrachail agus prògraman iomairt air a sgrùdadh gach ceithir mìosan le Sgioba Stiùiridh HIE, le aithisgean iomlan aig meadhan agus deireadh na bliadhna air an cur gu Bòrd HIE agus Riaghaltas na h-Alba.

EARRANN 3

Fàs eaconamach seasmhach adhartachadh air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan

An aghaidh mar a tha cùisean an-dràsta san eaconamaidh, tha HIE a' cumail oirre a' co-obrachadh gu dlùth le gnòthachasan agus coimhearsnachdan na sgìre a chuideachadh leotha a bhith gam freagarrachadh fhèin ris an t-suidheachadh a th' ann. Cha b'fhuilear cur an cèill gu soilleir gun e suidheachadh measgaichte a th' ann - a rèir earrainn agus sgìre - agus gu bheil cothroman margaidh ann fhathast do dh'fheadhainn, is gum feumar dèiligeadh ris gu bheil miadh a' crìonadh do dh'fheadhainn eile. Nì HIE cinnteach gun oibrich i ann an dòigh shùbailte, sho-atharrachail ann a bhith a' solar sheirbheisean cùl-taic do ghnothachasan a chum 's gun dèan iad a rèir an t-suidheachaidh eaconamaich chaochlaidich.

Tha an earrann seo mar sin a' leigeil ris mar a tha HIE a' dèiligeadh ris na dùbhlain fo na trì raointean a tha nam fòcais dhaibh:

- Taic a chumail ri gnòthachasan agus roinnean a tha cudromach agus a tha fàs gu mòr, agus mar thoradh air sin ìrean fàis roinneil agus ionadail àrdachadh.
- Coimhearsnachdan a neartachadh, gu h-àraid ann an ceàrnaidhean cugallach den sgìre.
- Bun-structair agus suidheachadh a chruthachadh gus farpaiseachd na sgìre a leasachadh.

Neartaichidh cur an seilbh ann an gnòthachasan fo stiùireadh cunntasail torrachadh agus farpaiseachd chompanaidhean air feadh na roinn agus bidh buaidh aige air an ìre fàis eaconamaich sa gheàrr-ùine, rud a chuidicheas le amas Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais 'ìre fàis a' Mhòr Thoraidh Dhùthchail àrdachadh gu ìre na Rìoghachd Aonaichte ro 2011'. Gabhaidh na seilbhean airgid seo an cothrom cuideachd air na buannachdan a th' aig Alba anns na prìomh earrannan aice an taca ri àiteachan eile.

Cuidichidh seilbhean airgid Neartachadh Choimhearsnachdan leis na h-amasan **dilseachd, leantalachd** agus **seasmhachd** ann an Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais. Pròiseactan agus iomairtean a mheudaicheas luach malairt an eaconamaidh shòisealta, bheir iad cothroman is cùl-taic do dhaoine a tha air iomall a' chomainn shòisealta, rud a leudaicheas compàirteachadh sa mhargadh-obrach agus a chuidicheas le bhith a' solar comasachd agus gnìomhachadh eaconamach ùr anns na ceàrnaidhean as cugallaiche den roinn. Pròiseactan Neartachadh Choimhearsnachdan a tha cruth-atharrachail a thaobh nàdair agus meud, bidh feum aca air stiùireadh agus seilbh airgid seasmhach o HIE fad ùine mhòr, an co-bhoinn gu dlùth ri ùghdarrasan ionadail agus buidhnean cudromach eile san earrainn phoblach.

Am measg nan seòrsaichean cheumannaan a bhios a dhìth gus ar mianntan a choileanadh a thaobh Farpaiseachd na Roinn bidh feum air co-fhreagairt eadar na prìomhachasan againn fhèin agus feadhainn nam buidhnean leis a bheil sinn ag obair an co-bhoinn agus cur an seilbh ann an sreath de phròiseactan cruth-atharrachail. Na prògraman is na pròiseactan a chuirear an cèill fon cheann seo, bidh feum aca iomadh uair air mòran ùine ullachaidh mun tèid airgead a chur an seilbh annta agus ìre glè àrd de stiùireadh ro-innleachdail an dèidh làimhe a dhèanamh cinnteach gun gabhar an cothrom air na buannachdan iomlan a bhios annta don eaconamaidh san fharsaingeachd. Am bitheantas, cha mothaichear an èifeachd air ìrean fàis eaconamaich gus an tèid còig no deich bliadhna seachad, mar sin am piseach a thig às an t-seilbh airgid seo cuidichidh e le amas fad-ùineach Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais 'an aon ìre fàis ri dùthchannan beaga neo-eisimeileach an Aonaidh Eòrpaich a choileanadh ro 2017.'

Rud a tha fillte ann an dòigh-obrach HIE a thaobh Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais a chur an gnìomh, is e cho cudromach 's a tha e a bhith a' cumail ris na sàr riaghailtean - a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi am fàs a thig an lùib nan seilbhean airgid againn air a roinn agus seasmhach. Bidh seo a' ciallachadh an cothrom a ghabhail air cothroman anns na ceàrnaidhean as soirbheachaile den roinn agus aig an aon àm dèiligeadh ri feumalachdan anns na ceàrnaidhean cugallach agus na ceàrnaidhean far a bheil dìth cosnaidh.

Gnothachasan fo stiùireadh cunntasail

Tha HIE mothachail air tàbhachd gnothachasan cudromach is feadhainn a tha a' fàs gu mòr ann a bhith ag iomain air aghaidh an fhàis eaconamaich a tha a dhith mun coileanar amasan Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais agus tha iad an dèidh an cùl-taic ath-chuimseachadh air a bhith a' brosnachadh an raoin-obrach fìor chudromach seo. Tha dòigh-obrach HIE a thaobh stiùiridh chunntasail na bunait don cùl-taic seo. Ann an 2008, chaidh màileid de mu 500 de luchd-ceannaich chudromach a chomharrachadh a bhith na bunait do cho-bhoinn nas dlùithe ri gnothachas gus toirt an aire gum bi eadar-theachd air a cuimseachadh far am motha a bhios buaidh aice. Is e a chomharraicheas profaidhl gnothachas fo stiùireadh cunntasail aig HIE a' mhiann agus an comas a bhith a' fàs. Ann an 2009, cumaidh sinn oirnn ag obair le gnothachasan fo stiùireadh cunntasail gus planaichean leudachaidh a choileanadh agus a chur an gnìomh agus gus cùl-taic a thoirt do gnothachasan a tha cudromach do dh'eaconamaidh na roinn a bhith a' toirt an aire do chothroman aig àm anns a bheil atharrachadh mòr a' tighinn air an eaconamaidh. Coileanadh seo cuibhreann na Gàidhealtachd is nan Eilean de Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais a thaobh na leanas:

- Luathachadh a thaobh cur an seilbh ann an gnothachasan agus an earrann phrìobhaideach ga threòrachadh.
- Cruthachadh beairteis tro chosnaidhean nas fheàrr, cho math ri barrachd cosnaidh a rèir cunntas fìrinneach.
- Torrachadh agus èifeachdas nas fheàrr.
- Buaidh thomhaiste air GVA.

Tha prògram leasachadh luchd-obrach a' dol air aghaidh a dhèanamh cinnteach gun tog manaidsearan chunntasan HIE na sgilean is an t-eòlas deatamach a sholar na seirbheis seo agus tha sgioban sgìre air an luchd-obrach aca ath-chuimseachadh air an raon-obrach fìor chudromach seo. Far a bheil prògraman agus buill-acainn ann a tha ri am faotainn cheana agus a chleachdar le buidhnean a tha an co-bhoinn ruinn a leithid Iomairt na h-Alba agus Leasachadh Eadar-nàiseanta na h-Alba agus iad sin iomchaidh do gnothachasan air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan, nìthear oidhirp a dh'aona gnothach a bhith gam putadh air aghaidh mar fhreagairtean do gnothachas. Bidh seo cuideachd a' togail air an t-soirbheachadh a fhuaras ann a bhith a' cruthachadh sgioban co-phàirteach airson stiùireadh cunntasail do luchd-ceannaich chudromach a tha an làthair ann an sgìrean Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Iomairt na h-Alba. Thèid gabhail ris a' mhodail stiùiridh chunntasail cuideachd ann a bhith ag obair le iomairtean sòisealta agus bheirear cùl-taic HIE don earrainn seo tron obair Neartachadh Choimhearsnachdan aca.

Is e fear de na toraidhean as cudromaiche a thig à manaidsearan chunntasan HIE a bhith a' dol an co-bhoinn ri gnothachasan gum faighear fiosrachadh co-aimsireil mun mhargadh, a bhios na bhunait eòlais don obair a tha na sgioban Prìomh Earrannan againn a' dèanamh ann a bhith a' brodadh nan earrannan a bhith a' fàs. Bidh na sgioban speisealta seo cuideachd a' tairgsinn goireas a bharrachd do sgioban stiùiridh chunntasail. Air feadh na buidhne air fad, chithear co-obrachadh eadar sgioban na phàirt dheatamach de bhith a' solar nam fuasglaidhean freagairteach, cuimhir a tha a dhith air gnothachasan cudromach is feadhainn a tha a' fàs gu mòr agus bidh an dòigh-obrach seo ga sgrùdadh tron Bhòrd Phròiseactan Stiùiridh Chunntasail taobh a-staigh den bhuidhinn.

Tha an dòigh-obrach againn mothachail gu bheil feum a bhith a' neartachadh agus a' toirt cùl-taic do gach aon de na h-eileamaidean deatamach a bhios a' tighinn còmhla gus àrd-ìre de dh'fhàs a thoirt gu buil:

Luchd-tionnsgain

Is e daoine tàlantach, innleachdach agus de dh'èasgaidheachd annta a bheir planaichean gu buil, as bonn do gnothachasan cinneasach. Tha leasachadh OGE, na ceanglaichean againn ri Massachusetts Institute of Technology (MIT) agus rannsachadh is leasachadh a bhith gu mòr fo ar n-àire fìor chudromach a thaobh àrainneachd a chruthachadh a dh'altram spiorad an tionnsgain. Tha lionraidhean nam pàirt chudromach den àrainneachd sin agus cumaidh HIE orra a' leasachadh dhòighean air na ceanglaichean seo a bhrosnachadh. Bheirear cùl-taic do luchd-tionnsgain shòisealta tron obair Neartachadh Choimhearsnachdan againn (faic t.-d. 21).

Ionmhas

Tha calpa leudachaidh agus cùl-taic do rannsachadh is leasachadh nam bun-stèidhean a bhith a' leasachadh fhàs. Tha HIE an dèidh an cuideachadh calpa aca ath-leasachadh a chuimseachadh air fàs, agus irean eadar-theachd air an suidheachadh aig stairsnichean as ìsle de £25k (air a tarraing a-nuas chun £5k ann an sgìrean cugallach). Rud as cudromach, ge-tà, thèid measadh a dhèanamh airson cothrom air maoin a bhith a' brosnachadh ùr-ghnàthachadh, rannsachadh is leasachadh, rannsachadh air margaidhean ùra agus cur an seilbh ann an ceannardas mar phàirt den phlana leudachaidh san fharsaingeachd a dh'aontaichear airson companaidh agus chan e cuingealachaidhean ionmhasail a bhios nan srian air ach èifeachd na h-eadar-theachd air leudachadh a' chompanaidh.

Rud eile a bhios na phàirt chudromach de dh'obair HIE, is e a bhith a' dèanamh cheanglaichean do gnothachasan ri tobraichean eile de chalpa leudachaidh, tro leasachaidhean le calpaichean iomairt agus ainglean gnothachais. Is e earrann a tha seo air nach do rinneadh leasachadh gu leòr air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan agus mar sin

tha cothrom ann i a bhith a' leudachadh a riarachadh barrachd miadh on t-seòrsa cheart de dh'obair gnothachais. Bidh HIE a' dèanamh ath-bhreithneachadh air an dòigh a bhios iad ag amharc air stoc-roinn a ghabhail ann an gnothachas agus an ìre comasachd a th' ann a' mhàileid a th' aca an-dràsta a bhith a rèir a' chudrom a tha ga chur air àrd-ìre de dh'fhàs.

Bidh a bhith a' ruigsinn ìrean àrda de luamhan agus a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi maoin on Aonadh Eòrpach air a cur gu feum gu h-èifeachdach, a' gabhail a-staigh an £20m de mhaoin structarail a tha uallach air HIE air a son tron obair aca mar Bhuidhinn Riarachaidh Ro-innleachdail, cudromach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid stòras a chur gu feum mar as fheàrr a ghabhas e. A bharrachd air sin, oibrichidh HIE a tharraing maoin a-steach o phrògraman cur an seilbh eile leis an Riaghaltas, a leithid Cuideachadh Roghnach Roinneil.

Comhairle

Tha a bhith a' solar cùl-taic comhairle freagraichte de dh'àrd-ìre na eileamaid eile den cho-rian chùl-taic do ghnòthachasan a tha a' fàs gu mòr. Chunnaic sinn cho soirbheachail is a bha e SMAS a thoirt a-steach do ghnòthachasan saothrachaidh agus bidh sinn ag ath-bhreithneachadh air a' chruinneachadh de chomhairle speisealta a tha a dhìth gus cùl-taic a thoirt do ghnòthachasan fo stiùireadh cunntasail agus a' cur ghnòthaichean air dòigh airson solarachaidh.

Fàs a thoirt air a' mhargadh

Feumaidh gnothachasan a tha a' fàs cothrom a bhith aca air margadh toirteil agus don mhòrchuid de ghnòthachasan air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan, bidh seo a' ciallachadh atharrachadh mòr ann an ìre agus farsaingeachd nan ceanglaichean eadar-nàiseanta aca. Aon rud a bhios fìor chudromach a thaobh fradharc domhanta nas fheàrr a chruthachadh, is e sin caochladh innleachdan cùl-taic a chuireas gnothachasan air an rathad gu bhith a' malairt gu soirbheachail. Bidh co-oibreachadh le SDI na chuideachadh le oidhirpean a thaobh eadar-nàiseantachadh.

Bun-structair

Tha e dualach do ghnòthachas tòiseachail a dh'fhàsas gu mòr a bhith a' cinntinn à gnothachas a th' ann cheana no oilthigh. Tha goireasan a leithid ghuireadairean uile gu lèir deatamach ann a bhith a' brosnachadh leasachadh gnothachais. Leanaidh HIE orra a' sgrùdadh na ghabhas dèanamh a thaobh guireadairean a thoirt air aghaidh, gu sònraichte far an cuir iad ri bagaid a th' ann cheana a leithid an Ionaid Shaidheans Slàinte ann an Inbhir Nis no na Pàirce Shaidheans Mara ri taobh Comann Saidheans Mara na h-Alba ann an Dùn Staffhainis.

On Ghiblean 2009, solairidh Slighe Gnothachais, fo stiùireadh nan ùghdarrasan ionadail, comhairle is fiosrachadh gnothachais san fharsaingeachd, rud a chuidicheas barrachd le fòcas HIE. Bidh dòighean-obrach bun-tomhasach air an stèidheachadh a dhèanamh cinnteach gum bi deagh shruth de dh'fhiosrachadh eadar Slighe Gnothachais agus HIE, a dhèanamh cinnteach gun tèid gnothachasan aig a bheil mòran comas fàis a stiùireadh a dh'ionnsaidh cùl-taic HIE. Chaidh aontachadh air plana eadar-amail a dhèanamh cinnteach gun rachadh an t-seirbheis ùr a thoirt a-steach gu siùbhlach agus leanaidh luchd-obrach HIE orra a' cumail cùl-taic ris na h-ùghdarrasan ionadail anns a' chiad dol a-mach a chum 's nach bi briseadh no lùghdachadh sam bith san t-seirbheis a gheibh daoine.

Stiùireadh agus ceannardas

Tha feum air sàr sgilean stiùiridh agus ceannardais mun gabh coileanadh gnothachais a leasachadh. Oibrichidh HIE a chruthachadh cheannardan gnothachais a bhios: misneachail, adhartach, spreagail, a bhios a' cuimseachadh gu h-àrd agus fìor lèirsinn aca. A' co-oibreachadh le compàirtichean aig a bheil àite cudromach sa ghnòthach a leithid Institiud na Luchd-stiùiridh agus Seòmar Malairt na h-Alba, cuiridh sinn caochladh cheumannan cùl-taic air dòigh gus ceannardan gnothachais anabarrach math a chruthachadh san sgìre againn. Le dòighean-liubhairt innleachdach a leithid cholabhairtean tron eadarlìon, bidh sinn cinnteach gum bi cothrom aig gnothachasan air feadh na roinn air na bhios sinn a' tairginn.

Leasachadh na feachd-obrach

Tha leasachadh na feachd-obrach agus a bhith a' dèanamh feum èifeachdach de sgilean luchd-obrach cudromach a thaobh torrachadh iomain air aghaidh. Oibrichidh sinn le compàirtichean aig a bheil àite cudromach sa ghnòthach a leithid Leasachadh Sgilean na h-Alba a bhrosnachadh miadh nas fheàrr air sgilean - ag eagrachadh agus a' cur an cèill nam feumalachdan a th' aig fastaichean a-nis agus san àm ri teachd an dà chuid agus a' cuideachadh le luchd-obrach a bhith a' cur nan sgilean feachd-obrach aca gu feum mar as fheàrr a ghabhas e tro leasachadh cosnaidh agus eagrachaidh.

Neartachadh Choimhearsnachdan

Thig raon-dleistanais HIE a thaobh Neartachadh Choimearsnachdan à tuigsinn aig an ìre reachdail gum feum leasachadh sòisealta agus eaconamach a bhith a' cuideachadh le chèile ann a bhith a' toirt fàs gu buil ann an sgìre iomallach le sluagh tana. Ann an coimhearsnachdan den t-seòrsa, le fàillneachadh sa mhargadh, cothroman malairt cuingealaichte agus solar sheirbheisean ionadail a bhith gann faodaidh tionnsgnadh nàdarra agus spionnadh choimhearsnachdan a bhith air an leigeil mu sgaoil agus iad a' cur air aghaidh nam pròiseactan eaconamach agus sòisealta aca fhèin.

Tha a bhith a' cruthachadh coimhearsnachdan nas làidire, nas beothaile agus nas seasmhaiche a-rèist na phàirt dheatamach de dh'obair HIE agus tha e gu tur a rèir amasan Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais agus nam poileasaidhean aige a thaobh cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan. O na bliadhnaichean 1960, is e atharrachadh mòr, seasmhach a thàinig air soirbheachadh na roinn san fharsaingeachd. Dh'fhàg prògraman cuimsichte le HIE agus buidhnean poblach eile gu bheil coimhearsnachdan nas misneachaile agus gu bheil iad a' gabhail barrachd uallaich orra fhèin airson an leasachaidh.

Air a shon sin, tha dùbhlain ann fhathast ann an iomadach sgìre dhùthchail den Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan, gu sònraichte air falbh o na prìomh bhailtean agus gu h-àraid nuair a bhios crìonadh mòr san eaconamaidh agus dùbhlain ann a thaobh na h-àrainneachd air tàilleabh atharrachadh sa ghnàth-shìde. Is ann anns na sgìrean cugallach as motha a tha na dùbhlain seo (a chithear ann an Ìomhaigh 1, taobh-duilleige 7) agus leigidh an clàr-dùthcha de dhùbhlain a rèir sgìre fhaicinn gu bheil na sgìrean cugallach a-nis, airson a' chuid as motha, anns na h-Eileanan agus air an oirthir shiar (rud a ghabhas a-staigh mu 13% den t-sluagh air fad). Tha na sgìrean seo fhathast mì-leasaichte a thaobh an eaconamaidh agus cùisean sòisealta agus tha comharraidhean crìonaidh ri am faicinn annta fhathast. Is e a gheibhear annta tuineachadh tana, iomallachd, teachd-a-steach ìseal, droch bhun-structair agus sluagh air a chall o chionn ghoirid.

Tron obair Neartachadh Choimhearsnachdan aig HIE agus cuid an compàirtichean, chaidh adhartas a dhèanamh ann an iomadach coimhearsnachd fa-leth. Bidh seo air a neartachadh le fòcas air trì prìomh raointean-obrach.

Iomairt Shòisealta

Nì HIE oidhirp shònraichte a bhith a' brosnachadh na h-earrann iomairt shòisealta gu fàs air feadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Is e iomairtean sòisealta a' phàirt den treas earrann as dlùithe a cho-fhreagras air amasan HIE a thaobh Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais. Bidh iad a' cuideachadh le fàs san eaconamaidh agus san àireamh-sluaigh agus a' neartachadh dìlseachd tro bhith a' tairgsinn chothroman dhaibhsan a tha nas fhaide bhon fheachd-obrach. Is e as motha a th' ann an iomairtean sòisealta, a tha ri am faotainn ann an iomadach cruth agus a sholaires caochladh mòr sheirbheisean, gnothachasan coimhearsnachd a bhios a' malairt a dh'aona ghnòthach airson prothaid a ghabhas cur an seilbh a-rithist ann an tuilleadh fàis sa choimhearsnachd. Tro bhith a' stiùireadh chunntasan ann an dòigh nas dèine, bheir HIE an aire gu sònraichte air na h-iomairtean sòisealta air a bheil coltas a bhith a' gealladh gu soilleir an dà chuid fàs eaconamach agus sòisealta.

Bidh seirbheisean cùl-taic do dh'earrann nan iomairtean sòisealta air an solar tron chùmhnannt le Highlands and Islands Social Enterprise Zone Community Interest Company (HISEZ CIC) a sholaires an dà chuid comhairle shàr-eòlach do dhaoine fa-leth o oifisean sgìreil agus obair don earrann air fad a' gabhail a-staigh cho-labhairtean, chuairtlitrichean naidheachdan, trèanadh agus thachartasan dèanamh lìonraidh. Bidh obair adhartachaidh agus cùl-taic a' co-thaobhadh gu dlùth ri poileasaidhean agus prògraman maoineachaidh Riaghaltais na h-Alba a leithid Mhaoin Cur an Seilbh na h-Alba.

Is e a chaidh a dhearbhadh le fiosrachadh nàiseanta agus eadar-nàiseanta gun soirbhich le iomairtean sòisealta far an urrainn do dhaoine dealasach, sgairteil na h-innleachdan aca a thoirt air aghaidh. Oibrichidh HIE le HISEZ, an Acadamaidh Iomairt Shòisealta agus compàirtichean eile, a' gabhail a-staigh Riaghaltas na h-Alba, gus cùl-taic a thoirt do luchd-tionnsgain shòisealta. Sa Phlana-Ghniomha aige airson na Treas Earrann, tha Riaghaltas na h-Alba a' stèidheachadh Maoin do Luchd-Tionnsgain Shòisealta agus oibrichidh HIE le buidhinn de shàr luchd-tionnsgain shòisealta gus buannachdan nan sgìlean aca a chur an tasgadh chum leas nan coimhearsnachdan.

Mar phàirt de dh'obair HIE a bhith a' dol an co-bhoinn ri gnothachas, stèidhichidh sinn Pannal Iomairt Shòisealta a bhrosnachadh gum bi eadar-oibreachadh am measg iomairtean sòisealta a tha a' fàs agus a dhèanamh cinnteach gum bi obair HIE a' co-fhreagairt air feumalachdan na h-earrann.

Earrannan Coimhearsnachd Cudromach

Tha mòran earrannan taobh a-staigh den raon neartachadh choimhearsnachdan agus comas fàis anabarrach math ri a fhaicinn ann am feadhainn dhiubh. Dèiligidh HIE riutha seo mar earrannan coimhearsnachd cudromach, a' cur ris an obair a nìthear air earrannan eaconamach le buidhinn Farpaiseachd na Sgìre agus a' bhuidhinn Obraichean. Solairidh

HIE stiùireadh cunntasail don earrainn tro na bun-sgioban aca agus na cunnraidean san earrainn tro am bi HIE a' toirt am prògraman gu buil.

- **Stiùireadh talamh agus stòrasan coimhearsnachd:** Coileanaidh Ionad Talamh Coimhearsnachd HIE an cunradh fad-ùineach aige le Maoin Chrannchur BIG airson cùl-taic a thoirt don Mhaoin a Thoir Fàs air Stòrasan Coimhearsnachd ann an 2010. Bidh an dòigh a thèid HIE an sàs ann an leasachadh choimhearsnachdan, dòigh a tha bunaichte air stòrasan, fhathast a' faotainn cùl-taic on Ionad Talamh Coimhearsnachd agus rannsaichidh sinn cothroman maoineachaidh phrìobhaidich gus an obair againn a chur am feabhas. Cumaidh an t-Ionad Talamh Coimhearsnachd dàimh dlùth cuideachd ri Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean eile a dh'adhartachadh gum bi stòrasan a tha ann an sealbh poblach air an toirt a-nunn chun choimhearsnachdan. Ann an co-bhoinn ri Coimisean Coilltearachd na h-Alba, bidh an t-Ionad Talamh Coimhearsnachd a' brosnachadh agus ag adhartachadh croitean coille agus an Sgeama Tir Choille Nàiseanta a bhith air an toirt air aghaidh. Leanaidh an t-Ionad Talamh Coimhearsnachd air a' toirt cùl-taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh an cothrom a ghabhail air na Còraichean Coimhearsnachd a bhith a' Ceannach, a' meudachadh uireadh 's a ghabhas comas nan sgeamaichean seo a bhith a' cur ri àireamh nan taighean a tha ri faotainn ann an sgìrean dùthchail air prìsean so-ruigsinn. Bheir an t-Ionad Talamh Coimhearsnachd barrachd cuideachaidh a bhith a' leasachadh na h-earrainn shealbhachadh talamh coimhearsnachd tro thachartasan meudachadh comais, iomlaid eadar-nàiseanta agus cùl-taic cuimsichte do leasachadh.
- **Cumhachd ath-nuadhachail coimhearsnachd:** Tha Cumhachd Coimhearsnachd na h-Alba (CES) a-nis stèidhichte na iomairt shòisealta neo-eisimeileach a dh'fhàs às an Fho-Chompanaidh ann an Sealbhachadh Iomlan HIE, HICEC. Is urrainn do CES a-nis tairgsean a chur a-steach airson chunntaidhean nàiseanta agus stoc-roinn a ghabhail ann an sgeamaichean cumhachd ath-nuadhachail a tha ann an sealbhachadh coimhearsnachd. Tha Riaghaltas na h-Alba a' rèiteach gum bi an Iomairt aige airson Cumhachd Ath-nuadhachail do Choimhearsnachdan is Cinn-taighe ann an Albainn (SCHRI) air a solar air feadh na dùthcha le aon bhuidhinn. Solairidh HIE seirbheisean coilliontach a chuireas am feabhas an ìre de chuideachadh a gheibh coimhearsnachdan ann an sgìre HIE, gu sònraichte an fheadhainn a tha ag iarraidh sgeamaichean malairteach a thoirt air aghaidh a bheir teachd-a-steach agus a bhios chum leas na coimhearsnachd.
- **Ealain agus cultar:** Chuidich cur an seilbh ann an gnòthaichean ealain is cultair coimhearsnachd leis a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan a bhith a' fàs mar roinn thàlaidheach, shònraichte agus leanaidh HIE orra a' cuideachadh le coimhearsnachdan a bhith ag altram àiteachan beothail, cruthachail, a' dèanamh feum de bheirteas àrainneachd agus cultair na sgìre, a tha gun choimeas. Bidh seo a' ciallachadh an aire a thoirt air an dà chuid taobh coimhearsnachd agus taobh iomairt ealain, cultair is dualchais agus co-obrachaidh sinn gu dlùth leis an sgioba Ghnìomhachasan Cruthachail againn gus fàs a thoirt air an earrainn seo.
- **A' Ghàidhlig:** Solairidh HIE cunradair a bhith a' liubhairt sheirbheisean leasachadh Gàidhlig (a tha an-dràsta gan liubhairt le Comunn na Gàidhlig) agus oibrichidh iad le Bòrd na Gàidhlig gus leasachadh na Gàidhlig a thoirt nas fhaide air aghaidh. Tha ath-bheothachadh a thaobh ùidh sa Ghàidhlig agus daoine a bhith ga cleachdadh a' leantainn air, rud a chuir gu mòr san àm a dh'fhalbh ri feabhas a bhith a' tighinn air na tha san amharc do choimhearsnachdan air feadh nan sgìrean Gàidhlig cho math ri ann an àiteachan eile, agus barrachd luach ga chur a-nis anns na tha sònraichte mun Ghàidhlig. Oibrichidh HIE leis na compàirtichean aca a stèidheachadh ionadan gnìomhachd a bheir air aghaidh leasachaidhean Gàidhlig ùra a chuidicheas le amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Cuiridh HIE am Plana Gàidhlig aca an gnìomh an co-bhoinn ri Bòrd na Gàidhlig, agus cudrom ga chur air a bhith a' toirt gu buil nan eileamaidean malairt is gnòthachais a dh'fhaodadh a bhith an lùib a' chànain le fòcas air na sgìrean cugallach agus na coimhearsnachdan croitearachd. Stèidhichidh HIE Pannal Leasachadh Gàidhlig, a dh'aona ghnòthach gus iomairtean gnòthachais a bhrosnachadh san earrainn Ghàidhlig.

Fàs aig an Oir/Growth at the Edge

Bheir oidhirp Neartachadh Choimhearsnachdan HIE an aire gu sònraichte do sgìrean cugallach. Tha seo a' freagairt gu mòr air amas leantail Riaghaltas na h-Alba, a' dèanamh cinnteach gun cuidich sgìrean den t-seòrsa le fàs eaconamach agus gu faigh iad buannachd às. Bheir HIE seo gu buil tro dhòigh-obrach Fàs aig an Oir agus i air a neartachadh. Solairidh seo structairean nas làidire a thaobh slugh, barrachd comais ann an coimhearsnachdan, sruthan teachd-a-steach seasmach do choimhearsnachdan, compàirteachadh nas fheàrr ann an gnìomhachd leasachaidh, cosnadh, sòisealta, Gàidhlig agus cultarach cho math ri leasachadh gnòthachais a chuireas a' choimhearsnachd am feabhas.

Tro an dòigh-obrach Fàs aig an Oir, oibrichidh HIE le trì buidhnean de luchd-dèiligidh.

- **Iomairtean sòisealta:** Bidh iad seo a' gabhail a-staigh iomairtean sòisealta stèidhichte, air am bi stiùireadh cunntasail gus planaichean leudachaidh a thoirt air aghaidh agus feadhainn ùr a tha a' tòiseachadh a gheibh cùl-taic a bhith a' leasachadh an comasan.

- **Coimhearsnachdan iomlan:** Thèid coimhearsnachdan a thaghadh, an co-bhoinn ri Compàirteachasan Planadh Coimhearsnachd, a bhith fo stiùireadh cunntasail coimhearsnachd a dheilbh agus a thoirt gu buil phlanaichean fais coimhearsnachd le cùl-taic oifigeach leasachaidh ionadail suidhichte ann am buidhnean acrach. Co-oibrichidh HIE gu dlùth le buidhnean poblach eile, an co-chòrdadh ri amasan Cùmhnantan Toraidh Shingilte le ùghdarrasan ionadail agus prògraman maoinachaidh a leithid Phlana-Leasachaidh Dùthchail na h-Alba, gus planaichean fais coimhearsnachd a chur an gnìomh.

Is e a bhios na phàirt chudromach de phlanaichean coimhearsnachd den t-seòrsa croitearachd a leasachadh. Dh'iarr Riaghaltas na h-Alba air HIE an obair leasachadh croitearachd a ghabhail os làimh mar phàirt de dh'ath-eagrachadh a tha ga dhèanamh air mar a tha buidhnean an sàs ann an croitearachd. Cuidichidh HIE le bhith a' deilbh phlanaichean leasachaidh choimhearsnachdan croitearachd agus co-oibrichidh iad gu dlùth le Ùghdarras nan Croitearan a dhèanamh cinnteach gum bi co-thaobhadh leis na cumhachdan riaghlaidh acasan.

- **Cùl-taic do ghnothachasan beaga:** Ann an sgìrean cugallach, bheir HIE cuideachadh do ghnothachasan beaga ann an dòigh roghnaichte a chur an gnìomh phròiseactan leasachaidh far am faicear gu bheil gu leòr a bhuannachd annta don ghnothachas fhèin agus gu bheil iad aig an aon àm a' cur ri leas na coimhearsnachd san fharsaingeachd.

Farpaiseachd na Sgìre

Na h-earrainnean as cudromaiche againn a leasachadh

Rud a tha fa-near do HIE gu mòr, is e sin a bhith a' brosnachadh earrainnean cudromach: gnìomhachasan cruthachail; cumhachd; seirbheisean ionmhais is gnothachais; saidheansan beatha; biadh is deoch agus turasachd, cho math ri companaidhean cudromach agus feadhainn a tha a' fàs gu mòr. Is e aon rud a bhios na phàirt uile gu lèir deatamach de bhith a' leasachadh nan earrainnean na buidhnean poblach agus gu sònraichte HIE, Iomairt na h-Alba, SDI agus, a thaobh turasachd, VisitScotland a bhith ag obair gu leantail le chèile. Oibrichidh HIE leis an Riaghaltas agus Iomairt na h-Alba gus cùl-taic a thoirt do Bhùird Comhairleachaidh nan Gnìomhachasan ann a bhith a' toirt air aghaidh phlanaichean earrainnean do dh'Albainn agus cuiridh iad iad seo gu feum gus cur an gnìomh a stiùireadh anns na h-earrainnean air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan. Nithear oidhirpean cuideachd a bhith a' cur chothroman gu feum a tha a' buntainn do bharrachd 's aon earrainn, gu sònraichte an lùib stiùireadh shèineachan solair, ionadan data a chuireas feum air mòran cumhachd agus eòlas fiosrachaidh ann an saidheansan beatha.

Gnìomhachasan cruthachail

Tha HIE an sàs ann an obair a tha a' cuimseachadh air a bhith a' dèiligeadh ri ceistean structarail agus fàillneachadh sa mhargadh ann an earrainnean nan gnìomhachasan cruthachail. Tha seo a' toirt an aire gu mòr air a bhith a' cruthachadh nan cumhaichean do ghnòthachasan a bhith a' fàs tro bhith a' dèanamh lionraidhean agus a' sgaoileadh na nì iad gu h-èifeachdach, cho math ri ro-innleachd eadar-nàiseantachaidh threun. Aig an ìre ghnìomhachaidh, cho math ri bhith a' toirt cùl-taic do leasachadh chompanaidhean, bheir HIE an aire do thri prìomh raointean: innleachadh a leasachadh a' gabhail a-staigh ionmhais agus trèanaidh airson rannsachaidh is leasachaidh, agus e nan rùn an ìre de dh'innleachadh a chur am feabhas agus cùl-taic a thoirt do leasachadh nas fheàrr; sgaoileadh, mar a bheirear na nithear chun a' mhargaidh, a' gabhail a-staigh margaideachd, a bhith an làthair aig tachartasan malairt/foillseachaidhean; agus lionraidhean a dhèanamh is làthaireachd sho-fhaicsinn a chruthachadh aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

Tha HIE a' toirt an aire cuideachd do dh'obair leasachadh shèineachan solair agus earrannan a tha cudromach a thaobh gnìomhachasan cruthachail a leasachadh san roinn. Ann a bhith a' cumail taic ris an earrainn, co-oibrichidh HIE gu dlùth le Alba Chruthachail.

Cumhachd

Agus iad ag obair an co-bhoinn ri gnìomhachas, Riaghaltas na h-Alba, Iomairt na h-Alba agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, solairidh HIE buannachdan eaconamach tro iomairtean rannsachaidh, foillseachaidh agus cur gu feum a leithid Dhuais a' Chroinn, a' Chompàirteachas Theicneolas Cumhachd agus Ionad Cumhachd Uaine Eòrpach na h-Alba.

Leanaidh HIE orra a' luathachadh leasachadh agus cur gu feum cumhachd ath-nuadhachail agus ann a bhith a' dèanamh sin, solairidh iad ìrean àrda de dh'fhàs eaconamach air feadh na roinn. Tha fìor chothroman ann ann a bhith a' leasachadh seilbh innleachdach, a' solair buannachd a thaobh gnothachais ionadail san fhad-ùine agus, faodaidh e bhith, seilbh airgid a-steach san earrainn chumhachd mara (a' gabhail a-staigh cumhachd o na tonnan, na sruthan mara agus a' ghaoith air an fhaige). Air tàilleabh seo, bheir HIE prìomhachas don obair aca a thaobh leasachadh na h-earrainn chumachd mara, a' gabhail a-staigh tuilleadh leasachaidh a thoirt air comasan an Ionaid Chumhachd Mara Eòrpach an dà chuid air an làrach agus far an làraich, a bhith a' toirt air aghaidh leasachadh iomchaidh a' Chaoil Àrcaich, agus a' rannsachadh chothroman do choimhearsnachdan is gnothachasan air feadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean a bhith a' gabhail pàirt sa ghnìomhachas chumhachd mara.

Seirbheisean ionmhasail is gnothachais

Cumaidh HIE taic ri caochladh chompanaidhean cudromach san roinn a tha a' tairgsinn chothroman fàis, gu sònraichte ann an às-chunnaidhean luachmhor airson phròiseasan gnothachais agus ann an leasachadh shèineachan solair. Oibrichidh sinn cuideachd air caochladh raointean as fheadar dol an sàs annta gus cuideachadh leis na h-earrannan a bhith a' fàs. Mar sin, trusaidh HIE data bun-loidhne nas cruinne, oibrichidh iad leis an earrainn ann a bith a' toirt air aghaidh phròiseactan airson sgilean cheannardan sgioba agus oideachaidh, socraichidh iad cuspairean rannsachaidh coitcheann airson an ama ri teachd le rannsaichean sgoileireach agus cruthaichidh iad dàimhean cudromach le daoine aig àrd ìre anns na prìomh bhuidhnean aig a bheil àite sa ghnòthach. Le cho caochlaideach is a tha an gnìomhachas an-dràsta, bidh chothroman ri an rannsachadh ann an eagan speisealta. Bheir HIE an aire do mhodailean ùra de dh'ionadan seirbheis co-phàirtichte agus nithear rannsachadh air ionadan às-chunnaidh sgapte agus na dh'fhaodadh a bhith air a dhèanamh a thaobh ionadan data uaine a chuireas feum air mòran cumhachd.

Biadh is deoch

Tha biadh is deoch co-cheangailte gu teann ri eaconamaidh na roinn, a' toirt obair do mhòran dhaoine agus a' toirt a-steach còrr is £1bn o mhargaidhean thall thairis. Tha barrachd is 1,900 gnothachas san earrainn agus iad ag obair anns na h-earrannan giullachd luach-leasaichte agus bun-sholair a tha a' gabhail a-staigh tuathanachas-uisge, iasgach

agus tuathanachas. Tha HIE an sàs gu h-iomlan ann a bhith a' toirt air aghaidh ro-innleachd nàiseanta airson biadh is deoch agus bidh iad a' co-obrachadh gu dlùth le buidhnean sa ghnìomhachas air co-cheanglaichean ri gnothachas agus fàs. Air a shon sin, tha imcheist a' tighinn am bàrr a thaobh buaidh a' chrìonaidh san eaconamaidh dhomhanta agus a' chunnairt a dh'fhaodadh a bhith ann do dh'ìrean cosnaidh san earrainn. Oibrichidh HIE gu teann gus an cunnart seo a lùghdachadh far an gabh sin dèanamh.

Bidh ar n-oidhirpean a bhith a' cumail taic ri fàs a' toirt an aire gu sònraichte do cheannardas gnothachais, sèineachan solair co-obrachail, conaltradh gnìomhachais agus seasmhachd. Bidh àite mòr aig HIE ann a bhith a' toirt na h-obrach seo air aghaidh aig ìre nàiseanta le compàirtichean a' gabhail a-staigh Biadh is Deoch na h-Alba. A bharrachd air sin, cumaidh HIE taic ris a' phròiseas stiùiridh chunntasail le sàr eòlas, fiosrachadh mun mhargadh, comhairle agus lìonraidhean.

Saidheansan beatha

Tha dà phrìomh àite san roinn anns a bheil an earrann shaidheansan beatha air a suidheachadh - is iad sin Inbhir Nis airson shaidheansan meidigeach is slàinte agus an t-Òban airson saidheans beatha na mara. Tha cnapan rannsachaidh cuideachd ann an Gallaibh agus companaidhean sònraichte air an suidheachadh anns na h-Eileanan Siar. Ged as e aon chompanaidh air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan a tha air thoiseach anns an earrainn seo a tha a-nis a' tighinn am bàrr, is e sin Lifescan a tha air a shuidheachadh ann an Inbhir Nis, tha barrachd is barrachd san roinn de ghnòthachasan beaga cho math ri feadhainn a dh'fhàs à pròiseactan oilthigh air a bheil mòran coltais a bhith a' fàs. Am measg nan cluicheadairean as cudromaiche a tha ag obair san earrainn seo tha iadsan a tha a' dèanamh rannsachadh is leasachadh sgoileireach agus/air neo malairteach, buidhnean saothrachaidh, buidhnean rannsachaidh cùmhnaint agus Seirbheis Nàiseanta na Slàinte. Bheir HIE taic do leudachadh chompanaidhean agus rannsaichidh iad cothroman ann an taisgealadh bith-eòlas mara, eòlas fiosrachaidh anns na saidheansan beatha, bathar nàdarra, slàinte inntinn, eòlas lèigh-bhreithneachaidh, innleachdan meidigeach cho math ri slàinte ann an àiteachan iomallach agus dùthchail.

Turasachd

Tha turasachd fhathast air tè de na prìomh earrannan a tha air aire HIE agus is e tè a th' innte a dh'fhaodas cuideachadh gu mòr leis an roinn a bhith farpaiseach. Agus iad a' co-obreachadh le compàirtichean, gu sònraichte VisitScotland, tha àite cudromach aig HIE ann a bhith a' coileanadh nan amasan nàiseanta gum bi àrdachadh de 50% ann ann an luach na h-earrainn, rud as co-ionann ri £600m a bharrachd a bhith air a chost san roinn. Is e a dh'iomaineas am fàs seo air aghaidh àiteachan turasachd a leasachadh a bhios farpaiseach aig an ìre dhomhanta, tairgsean cuimsichte a luathachadh a thaobh seilbh airgid a-steach agus innleachdan cùl-taic a thoirt air aghaidh gus ceannardas agus torrachadh gnothachais a neartachadh. Bidh HIE ag obair cuideachd air àireamh roghnaichte de phròiseactan ro-innleachdail nas motha a thairgeas cothroman fàis cudromach aig ìre na roinn, a leithid leasachadh turasachd mara agus margadh nan longan cuairt.

Oilthighean

Tha fàs agus leasachadh earrann oilthigh air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan fìor dheanamach a thaobh soirbheachadh eaconamaidh na roinn san fhad-ùine. Cho math ris a' phrìomhachas àrd a tha iad a' toirt do bhith a' leasachadh OGE, oibrichidh HIE gus tuilleadh seilbh airgid a thàladh agus dol an sàs a bhrosnachadh san roinn le buidhnean eile a' gabhail a-staigh Oilthigh Heriot Watt, Oilthigh Shruighlea agus Massachusetts Institute of Technology.

Ar Bun-structair a leasachadh

Co-cheangailteachd agus teicneolas

Tha e na eileamaid dheanamach airson roinn fharpaiseach a chruthachadh cothrom a bhith ann anns a h-uile h-àite air seirbheisean tele-chonaltraidh an dà chuid suidhichte agus gun uèirichean, agus iad sin a bhith air pris sho-ruigsinn, ùr-nodha agus de chàileachd mhath. Air iomadach dòigh, mar as dùthchaile is mar as iomallaiche a bhios sgìre, is ann as motha a bhios a' phàirt a dh'fhaodas conaltradh eleactronach a bhith a' cluich ann a bhith a' brosnachadh an eaconamaidh ionadail agus a' leigeil le daoine seirbheisean a sholar ann an dòigh chosg-èifeachdach. Mum bi sinn fìor cho-cheangailte, feumaidh sinn a bhith a' tuigsinn an rathaid a tha cùisean buailteach a bhith a' dol agus, tro phrògram de phròiseactan rannsachaidh is piolatach, a bhith ag iarraidh cheumannan brosnachaidh agus gnìomhachdan eile gus an cothrom a ghabhail mar as fheàrr a ghabhas e air a' cho-cheangailteachd eleactronach a th' aig an roinn cheana agus gus argamaid a dhèanamh a dhearbhas gum bu chòir ar co-cheangailteachd a leasachadh gus am bi i co-ionann ris a' chuid as fheàrr a tha ri a faotainn ann an àiteachan eile. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gun toir na h-ìrean

co-cheangailteachd againn bunait do chothroman a bhios a' tighinn am bàrr mar a tha ionadan data uaine no coimpiutaireachd neoil. Is e aon phàirt a th' ann an co-cheangailteachd de theicneolas a bhith air a thogail is air a chur gu feum ann an dòigh nas fharsainghe a dh'fhaodas buaidh a thoirt air farpaiseachd gnothachais agus so-ruigsinneachd foghlaim. Le compàirtichean, dealbhadh HIE Plana TFC/Teicneolais gus feumalachdan na roinn a sholar sa gheàrr-ùine agus san fhad-ùine.

Còmhdhail

Tha seirbheisean còmhdhalach èifeachdach agus iomlan air prisean so-ruigsinn nan deatamas airson roinn shoirbheachail, fharpaiseach. Leanaidh HIE orra an co-bhoinn ris an Riaghaltas agus Còmhdhail na h-Alba gus am faighear na buannachdan as motha a ghabhas e às na prìomhachasan roinneil as cudromaiche a chomharraichear a thaobh rathaidean agus rathaidean-iarainn san Ath-bhreithneachadh Phròiseactan Còmhdhalach Ro-innleachdail agus gus an cuir iad ris na thig às Ath-bhreithneachadh Bhàtaichean-aiseig na h-Alba. Co-oibrichidh sinn gu dlùth cuideachd le buidhnean còmhdhalach poblach agus prìobhaideach agus na Compàirteachasan Còmhdhalach Roinneil, gus adhartas a thoirt air leasachaidhean ann an eileamaidean eile de còmhdhail, mar a tha rathaidean nach eil nam prìomh-rathaidean, co-cheanglaichean adhair agus seirbheisean giùlan bathair roinneil agus eadar-nàiseanta agus gus na buannachdan as motha a ghabhas e fhaotainn às iomairtean a leithid an sgeama phiolataich Faradh Co-ionann ri Cosgais an Rathaid-mhòir. Ag amharc romhpa, siridh HIE fuasglaidhean ion-dhèanta air ceistean mar a tha solarachadh connaidh an rathaid-mhòir agus cleachdadh cumhachd ath-nuadhachail ann an còmhdhail.

Co-cheanglaichean ris a' ghriod

Tha bacadh mòr ga chur air leasachadh na h-earrainn chumhachd ath-nuadhachail airson an ama ri teachd air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan le trioblaidean co-cheangail a thaobh a' cho-rian sgaoileadh is riarachadh dealain, agus eadhon leasachaidhean beaga (nas lugha na 1mw) a' faotainn trioblaid a bhith a' dèanamh co-cheangal. Tha fiughair ri fios agus leasachadh ann an diofar àiteachan anns an 12 mhios seo tighinn (leasachadh na loidhne eadar a' Mhanachainn agus Denny, Lùb Cheann Tuath na h-Alba aig SSE) agus ma ghabhas na h-ùghdarrasan freagarrach riutha tòisichidh iad seo a' leigeil comasachd mu sgaoil airson na comasachd iomlan a tha ga planadh. Air a shon sin, feumaidh pròiseactan ùra fhathast feitheamh gus an dèidh 2018 mum faigh iad co-cheangal.

Leanaidh HIE orra ag obair gu dèanadach le riaghaltas, le feadhainn aig a bheil pàirt sa ghnòthach agus leis a' Ghriod Nàiseanta gus an aithnichear cho deatamach is a tha na lionraidhean riarachaidh ann a bhith a' brosnachadh leasachadh na h-earrainn, an dà chuid a thaobh na comasachd fhisicich aice agus nan structairean pris agus co-cheangail timcheall air. Nì HIE oidhirpean dèanadach cuideachd gus an roinn a chur air shùilbh do ghnìomhachasan a chuireas feum air mòran cumhachd, a' brosnachadh leasachadh gnìomhachais mum faighear co-cheangailteachd ris a' ghriod.

Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean

Tha a bhith a' stèidheachadh oilthigh san roinn air fear de na pròiseactan as cudromaiche air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan. Is e pàirt bhunaiteach a th' ann de leasachadh soirbheachail na roinn agus leanaidh HIE orra ag obair le OGE ann an trì raointean airson a' chuid as motha; adhartas a thaobh tiotal oilthigh a bhuidhinn, tuilleadh leasachaidh a thoirt air comasachd rannsachaidh co-cheangailte ri prìomhachasan OGE, a' cur ris a' phògram Dèiligeadh ri Comasachd Rannsachaidh (ARC) agus leasachaidhean a thaobh àrainnean gus àiteachan freagarrach a thoirt airson foghlaim. Ann a bhith a' toirt nam prìomhachasan seo air aghaidh, oibrichidh HIE an compàirteachas le Riaghaltas na h-Alba agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba.

Foghlam airson iomairt

Tha an Coimisean Eòrpach den bheachd gu bheil leasachadh tionnsgnadh na phàirt chudromach de bhith a' coileanadh fàs eaconamach. Tha càileachd bun-structair foghlaim roinn sam bith na h-eileamaid bhunaiteach ann a bhith a' ruigsinn an amais seo. Oibrichidh HIE mar sin le Riaghaltas na h-Alba agus compàirtichean cudromach eile gus dèanamh cinnteach gum bi fìor dhealas ann airson tionnsgnadh a bhith freumhaichte sa cho-rian foghlaim. Dealbhadh sinn ro-innleachd roinneil airson foghlaim tionnsgnadh agus broснаichidh sinn daoine a bhith a' dèanamh feum de na buill-acainn theagaisg a tha an co-chòrdadh ris a' chleachdadh as fheàrr gus dèanamh cinnteach gum bi tuigse dhìomhail aig an luchd-ionnsachaidh air fad air tionnsgnadh mar roghainn obrach no mar dhòigh a bhith a' cur dhaoine ann an suidheachadh nas fheàrr airson cosnadh a lorg agus a bhith a' brosnachadh tuigse agus urram a thaobh luchd-tionnsgain na roinn.

Saidheans, Teicneolas, Innleadaireachd agus Matamataig

Tha àite cudromach aig sgilean saidheans, teicneolas, innleadaireachd agus matamataig anns an eaconamaidh ionadail againn agus bidh iad nan deatamas airson nan amasan a bhith a' toirt fàs air earrannan fiosrachaidh a leithid nan saidheansan beatha agus cumhachd. Tha na h-àireamhan de dhaoine a tha a' leantainn nan cuspairean seo ann am foghlam nas àirde a' tuiteam. Tha HIE a' toirt iomairt air aghaidh gus an claonadh seo a thionndadh air ais tro chompàirteachas saidheans, teicneolas, innleadaireachd agus matamataig (a' gabhail a-staigh ùghdarrasan ionadail na Gàidhealtachd is nan Eilean air fad, Leasachadh Sgilean na h-Alba, OGE agus ceithir Comhairlean Sgilean Earrannach) a tha a' cuimseachadh air àrdachadh seasmhach ann an àireamh nan daoine a tha a' ruigsinn ìrean àrda ann an teisteanasan matamataig, saidheans agus TFC. Oibrichidh HIE le Riaghaltas na h-Alba cuideachd feuch an cuir am mòr-shluagh barrachd luach anns an àite a th' aig saidheans sa chomann-shòisealta, agus cudrom sònraichte ri a chur air cloinn sgoile agus air na daoine aig a bheil buaidh orra.

Ar cruthachalachd a leigeil mu sgaoil

Ùr-ghnàthachadh

Chuir Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais cudrom air cho deatamach is a bha ùr-ghnàthachadh de gach uile seòrsa ann a bhith a' coileanadh a h-amasan. Tha ùr-ghnàthachadh na eileamaid bhunaiteach ann a bhith ag iomain farpaiseachd gnothachais air aghaidh agus tro bhith a' gabhail a' chothrom gu soirbheachail air a h-uile seòrsa ùr-ghnàthachaidh a' gabhail a-staigh rudan ùra a chruthachadh a thaobh teicneolais, bathair, phròiseasan agus leasachaidhean èifeachdais, gabhaidh cur ri barrachd torrachaidh. Oibrichidh sinn ann an compàirteachas gus frèam Saidheans do dh'Albainn agus frèam Ùr-ghnàthachaidh an Riaghaltais a chur an gnìomh.

Is e as motha a bhios fa-near dhuinn ùr-ghnàthachadh a bhrosnachadh is altram ann an gnothachasan fa leth, tarsainn nan earranan as cudromaiche againn agus aig ìre na roinn tro cho-rian ùr-ghnàthachaidh èifeachdaich.

Ag obair le compàirtichean, brodaidh sinn agus meudaichidh sinn am miadh a tha a' tighinn o ghnòthachasan air cùl-taic do dh'ùr-ghnàthachadh tro bhith a' cur air bhonn fhuasglaidhean a bheir atharrachadh air mianntan ghnòthachasan agus a bheir air aghaidh cultar tionnsgnaidh. Cuiridh sinn ris an t-soirbheachadh a bh' againn ann a bhith ag obair le Massachusetts Institute of Technology (MIT) gus prògram gnìomhachd a chur air bhonn.

Feuchaidh sinn ri fàs gnothachais a bhrosnachadh tro bhith a' gabhail ri teicneolas agus bathar bog agus gan cur gu feum gu h-ùr-ghnàthach agus tro chothrom fhaotainn air a' bhunait saidheans, rud a nì cinnteach gum bi gnothachasan air feadh na roinn ann an suidheachadh a bhith a' dèanamh feum de chothroman ùra. Oibrichidh HIE cuideachd le compàirtichean aig an ìre roinneil, nàiseanta agus eadar-nàiseanta a bhith a' sgrùdadh dhòighean air am b' urrainn do ghnòthachasan pàirt nas motha a ghabhail ann an rannsachadh agus leasachadh.

Eòlas a phàirteachadh

Cuidichidh HIE le OGE, colaistean foghlaim adhartach agus buidhnean sgoilearach air feadh na h-Alba a bhith a' comharrachadh eòlais a ghabhas cur gu feum ann an gnothachas agus brosnachidh sinn daoine a bhith a' dèanamh feum de HI-Links feuch am bi eòlas air a phàirteachadh fada nas fheàrr eadar na bunaitean rannsachaidh agus iomairt, tro bhith a' cur ris na thig à buidhnean foghlaim adhartach agus àrd-ìre de dh'fhiosrachadh, eòlas agus peutantan aig a bheil buinteanas ris an eaconamaidh do ghnòthachasan a tha air an suidheachadh air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan. Ann a bhith a' dèanamh sin, co-oibrichidh sinn le Comhairle Maoineachaidh na h-Alba.

Ar fradharc a leudachadh

Eadar-nàiseantachd

Tha soirbheachadh ann am margaidhean eadar-nàiseanta fhathast cudromach a thaobh fàs ghnòthachasan iomain air aghaidh air feadh na roinn. Cumaidh sinn taic ri amasan eadar-nàiseanta nan gnothachasan cinneasach againn, agus sinn a' solar caochladh mòr sheirbheisean a chuideachadh leotha margaidhean eadar-nàiseanta prothaideach altram agus co-obrachaidhean eadar-nàiseanta tarbhach a thogail. Oibrichidh sinn an compàirteachas le SDI gus cothroman gnothachais eadar-nàiseanta a rannsachadh agus a chomharrachadh anns na h-earrannan as cudromaiche againn.

Seilbh airgid a-steach

Tha seilbh airgid dhìreach à dùthchannan cèin cudromach a thaobh eaconamaidh fìor fharpaiseach a bhith ann air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan, agus i ag altram ghnòthachasan fìor tharbhach le fradharc domhanta. Tha buadhan de dh'ìre dhomhanta aig a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan ann an earrannan cudromach a leithid cumhachd ath-nuadhachail agus turasachd. Ag obair an compàirteachas le SDI, feuchaidh sinn ri bhith a' gabhail a' chothruim air na h-earrannan as làidire againn, a' dol an sàs gu for-ghnìomhach ann a bhith a' comharrachadh cothroman seilbh airgid a-steach agus a' dol an tòir orra gus fàs nan earrannan a luathachadh. Comharrachidh sinn suidheachaidhean far am bi buaidh nas motha tro chothlamadh eadar earrannan agus nì sinn feum dhiubh, a' cuimseachadh air cothroman a leithid ionadan data uaine.

Feuchaidh sinn ri tuigsinn mar a tha atharrachaidhean eaconamach a bualadh air seilbh airgid a-steach agus ri cothroman a chomharrachadh don Ghàidhealtachd is na h-Eileanan fhad 's a tha gnothachasan a' feuchainn ri an gnìomhachd a chur air stèidh ùr a rèir mar a dh'atharraich cùisean san eaconamaidh.

Tha àireamh chudromach de ghnòthachasan air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan a tha an sealbh bhuidhnean thall thairis agus nì sinn feum de na dàimhean matha a th' againn riutha, a' brosnachadh cur an seilbh ùr far an cuir e ri meud an gnothachasan agus far an iomain e an torrachadh air aghaidh.

Ann a bhith a' dèanamh seo air fad, oibrichidh sinn ann an compàirteachas dlùth ri lionraidh oifisean dhomhanta SDI.

Margaideachd taobh a-muigh den roinn

Cho math ri fhios a bhith againn air na dh'fheumas sinn dèanamh nas fheàrr, feumaidh sinn a bhith a' tuigsinn na tha sinn a' dèanamh gu sàr-mhath. Feumaidh sinn buadhan na roinn aithneachadh agus margaideachd a dhèanamh orra gu h-èifeachdach ris na buidhnean air a bheil sinn a' cuimseachadh. An co-bhoinn ris na compàirtichean againn agus feadhainn eile aig a bheil cuibhreann sa ghnòthach, dealbhadh sinn ro-innleachd margaideachd taobh a-muigh den roinn gus profaidh na Gàidhealtachd is nan Eilean a thogail, a chum 's gun tàlaidhear gnothachasan a dh'fhàsas gu mòr agus daoine sgairteil.

EARRANN 4

Lìbhrigeadh èifeachdach

Oibrichidh HIE mar aon bhuidhinn agus na gnìomhachdan aice air an sgaoileadh is air an riarachadh air feadh nan ochd sgìrean ionadail a tha nam pàirt den roinn iomlan. Bidh na gnìomhachdan cùl-taic meadhanail air an suidheachadh airson a' chuid as motha ann an Inbhir Nis, Inbhir Pheofharain agus Beinn nam Faodhla, ach bidh eileamaidean fa leth (agus caochladh àrd dhreuchdan stiùiridh nam measg) air an suidheachadh ann an oifisean eile air feadh na roinn.

A chum 's gun oibrich sinn gu h-èifeachdach mar aon bhuidhinn, bidh dòigh cho-obrachachail againn a bhith a' dol an sàs nar gnìomhachd, a bhios stèidhichte air soilleireachd a thaobh cò tha ri bhith a' dèanamh a h-uile pàirt den obair agus amasan coitcheann.

Structair

Bidh coileanadh na h-obrach air a roinn eadar còig buidhnean agus is iad sin:

- Planadh Ro-innleachdail
- Farpaiseachd na Roinn
- Neartachadh Choimhearsnachdan
- Obraichean
- Seirbheisean Ionmhasail agus Corporra

Cho math ris na còig buidhnean, bidh sgioba fa leth airson In-sgrùdaidh a bhios fo stiùireadh dìreach an Àrd-oifigeir Ghnìomha.

Daoine

Is e prìomh chuspair na Ro-innleachd Dhaoine againn airson 2009/10 coileanadh a bharrachadh uiread is a ghabhas. Ann an 2008/09, rinn sinn mòran den ullachadh airson a bhith a' soirbheachadh. Sheangaich sinn a' bhuidheann, chuir sinn an gnìomh structair eagrachaidh ùr, shocraich sinn obraichean ùra, rinn sinn mòran a thaobh luchd-obrach ùr a sholar agus sanasachd agus dhealbh sinn frèam trèanaidh a dhèanamh cinnteach gum bi na sgìlean riatanach aig an luchd-obrach againn a bhith a' toirt a' chlàir-ghnothaich air aghaidh. Tha an luchd-obrach againn ullaichte, suidhichte agus a' dol an sàs gu dèanadach ann an co-cheanglaichean ri luchd dèiligidh airson fàs a thoirt air gnothachasan gealltanach san roinn againn agus coimhearsnachdan cugallach a neartachadh. Agus am bun-structair a-nis air bhonn, is e a tha fa-near dhuinn ann an 2009/10 toraidhean feumail a choileanadh.

Tha sinn am fiughair gun e am foireann iomlan a bhios againn mu 300 a luchd-obrach làn-ùine, agus sinn an làthair gu làidir fhathast air feadh sgìre na Gàidhealtachd is nan Eilean. Leis mar a tha an obair againn sgapte air feadh na roinn, leis an iomairt a th' againn a bhith a' faotainn buaidh nas motha le nas lugha de luchd-obrach agus leis mar a tha mòran den luchd-obrach gan sìneadh fhèin a-steach do raointean ùra, tha e deatamach gun cùm sinn ro-innleachdan feabhais an cuimhne gus taic a chumail ris an luchd-obrach againn, an leasachadh fad na h-ùine, an ùidh a chumail agus na daoine fhèin a chumail nan dreuchd.

Sa cho-theacsa seo, an rud as brioghmhor am bitheantas a thaobh taic a chumail ris an luchd-obrach againn is e a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na stuthan is na goireasan aca a tha a dhìth gus na toraidhean a tha sinn ag iarraidh a choileanadh. Tha e mar fhiachaibh oirnn teicneolas a luamhan air a h-uile dòigh a ghabhas e gus cuideachadh le conaltradh agus fiosrachadh a phàirteachadh, gus pròiseasan gnothachais a sheangachadh agus gus luchd-obrach HIE a cho-cheangal ris an luchd-dèiligidh againn agus ri chèile.

Tha leasachadh luchd-obrach an 2009 agus o seo a-mach a' gabhail a-staigh barrachd is trèanadh. Ged a bhios prògraman trèanaidh traidiseanta fhathast nan clach-oisein chudromach den fhrèam leasachaidh againn, thèid cur riutha le prògraman leantainn, fòraman air loidhne airson fiosrachadh a phàirteachadh agus trèanadh anns an obair fhèin, agus stiùireadh ann anns gach uile raon le manaidsearan loidhne. Tha planaichean air bhonn a bhith a' cur ris na prògraman trèanaidh ceannardais againn agus na prògraman trèanaidh stiùiridh chunntasail againn le caochladh nas fharsainge de ro-innleachdan ionnsachaidh. Bidh sinn cuideachd a' rannsachadh agus a' comharrachadh chothroman airson chom-pàirteachasan le buidhnean poblach neo-roinneil eile ann a bhith a' dealbhadh agus a' solar trèanadh don luchd-obrach againn.

Tro bhith a' feuchainn ri Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais a chur an gnìomh fhuair luchd-obrach HIE iomadh cothrom ùr togarrach a bhith ag ionnsachadh, a' fàs agus a' dèanamh adhartas. Dh'iarr sinn air luchd-obrach a bhith gan sineadh fhèin, a' gabhail obraichean no uallaichean ùra os làimh an siud no ag ionnsachadh dòighean-obrach ùra an seo. Mar a thèid sinn air aghaidh, bidh e a' sior-fhàs nas cudromaiche airson soirbheachadh leantainneach HIE sinn a bhith a' cumail na luchd-obrach againn, rud a bheir cothrom dhuinn a bhith a' faotainn na buannachd iomlain às an t-seilbh airgid a tha sinn a' cur a-steach do am fàs agus do an leasachadh. Tha e na amas againn HIE a chomharrachadh mar àite miorbhaileach a bhith ag obair ann air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan. Gus seo a choileanadh, bidh e na amas againn gabhail ri co-dhiù dà ro-innleachd ùr airson dol an co-bhoinn ann an 2009/10.

Stòras ionmhasail

Dà rud a tha nan dùbhlain leantainneach do HIE, is iad sin a bhith a' cumail co-chothromachd eadar feumalachdan is cothroman, agus coimeas a dhèanamh eadar luach bhuannachdan fad-ùineach is gearr-ùineach bho chur an seilbh. Gus a' bhuaidh as motha fhaotainn tarsainn nan dùbhlain a tha air an leigeil ris ann an Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais, leanaidh HIE orra a' toirt prìomhachas do chùl-taic ionmhasail do dh'aireamh roghnaichte de phròiseactan far am bi buaidh chruth-atharrachail air an eaconamaidh aig an ìre roinneil no nàiseanta le bhith gan cur an gnìomh. Cuiridh na seilbhean airgid seo ri gnìomhachd prògram bunaiteach HIE airson iomairt a bheir cùl-taic do ghnothachasan a tha cudromach no a dh'fhàsas gu mòr agus do neartachadh choimhearsnachdan.

Tha HIE a' gabhail an uallaich orra fhèin a bhith a' coileanadh caomhnadh èifeachdais earrainn phoblach Riaghaltais na h-Alba de 2% de dh'airgead sa bhliadhna.

In-sgrùdadh agus ùmhlachadh

Bheir an Sgioba In-sgrùdaidh agus Ùmhlachaidh dearbhadh neo-eisimeileach do dh'Àrd-oifigear Gnìomha HIE air èifeachdas an riaghlaidh a gheibhear taobh a-staigh do HIE. Bidh obair an sgioba seo cuideachd a' cuideachadh gu mòr le gnìomhachdan HIE a bhith a' sior-fhàs nas fheàrr.

Obair le compàirtichean cudromach

Gus èifeachdas gnìomhachd na h-earrainn phoblach a bharrachadh, co-oibrichidh sinn gu dlùth le buidhnean a tha nan compàirtichean dhuinn mar a tha iomairt na h-Alba, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, Leasachadh Sgìlean na h-Alba agus VisitScotland air raointean far am faighear toraidhean à co-bhoinn ro-innleachdail a bhios feumail do gach taobh agus gabhaidh sinn pàirt dhèanadach san Fhòram Ro-innleachdail. Taobh a-staigh den roinn, oibrichidh sinn tro Cho-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean gus co-aontachd a stèidheachadh san roinn a thaobh chuspairean anns a bheil cudromachd ro-innleachdail airson leasachadh na roinn. Oibrichidh sinn cuideachd tron fhrèam Planaidh Choimhearsnachd, rud a tha na phrionnsabal bunaiteach den obair againn agus a ghearras tarsainn a h-uile raon-obrach.

A bharrachd air sin, cumaidh sinn dàimh mhothachail ri Riaghaltas na h-Alba, riaghaltas ionadail, Pàrlamaid na h-Alba, Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte agus an Aonadh Eòrpach. Tha a bhith a' stiùireadh nan dàimhean seo air fad a' ciallachadh gum feum sinn uallach a gabhail oirnn fhèin a bhith a' dol an sàs annta gu for-ghnìomhach a rèir plana agus bheir e an cothrom dhuinn cuideachd a bhith a' gabhail pàirt ann an dealbhadh phoileasaidhean ionadail, nàiseanta agus Eòrpach a bhuailas air leasachadh eaconamach agus sòisealta na Gàidhealtachd is nan Eilean.

Compàirteachas le ùghdarrasan ionadail

Cuidichidh HIE le bhith a' dealbhadh aontaidhean toraidh shingilte ann an sgìre gach ùghdarras ionadail air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean. Nì sinn cinnteach gum bi na h-aontaidhean gu cruinn a rèir nam mianntan a th' againn air son gach uile ceàrn den roinn. Is e amas na pàirt seo den phròiseas a bhith a' gabhail sealbh air na toraidhean ro-innleachdail a tha anns na h-Aontaidhean Toraidh Shingilte agus a bhith a' dèamh cinnteach gun tèid an toirt gu buil. Cho math ri bhith a' toirt aithisgean gu dìreach do Riaghaltas na h-Alba tron sgioba luchd-urrais againn, solairidh sinn aithisgean cunbhalach air an obair againn aig ìre nan ùghdarrasan ionadail ann an cruth a bhios an co-chòrdadh ris an Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta gus dealbhadh aithisgean sgìre ionadail on earrainn phoblach air fad a cheadachadh.

Tha sinn an dùil gum bi an t-seirbheis Slighe Gnothachais a bheirear leis na h-ùghdarrasan ionadail air a cur an gnìomh on Ghiblean 2009. Bheir HIE cùl-taic do na h-ùghdarrasan ionadail fad treis thòiseachail a dhèanamh cinnteach nach bi briseadh sam bith san t-seirbheis do dhaoine a tha ag iarraidh comhairle gnothachais. Bidh e deatamach da-riribh co-obrachadh dlùth an compàirteachas a bhith ann eadar Slighe Gnothachais agus oifisean sgìreil HIE a chum 's gum bi co-rian ann gus daoine a chur a-nunn airson cùl-taic HIE do ghnothachasan a dh'fhàsas gu mòr.

Dol an co-bhoinn ri gnothachasan agus coimhearsnachdan

Ghabh HIE ri dòigh eagarach a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi co-bhoinn bhrioghmhor ri gnothachasan agus buidhnean coimhearsnachd air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan. Am frèam a chaidh gabhail ris, nì e cinnteach gun tèid na dàimhean a th' ann cheana ri buidhnean san earrainn phoblach aig a bheil pàirt chudromach sa ghnòthach, riochdairean den earrainn phrìobhaideach agus buidhnean eile a leasachadh gus am bi pròiseas leantainneach ann de leasachadh dhàimhean agus cruinneachadh is sgrùdadh fiosrachaidh. Cuidichidh seo le coileanadh Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais tro bhith ag adhartachadh amasan is thargaidean na Ro-innleachd gu seasmhach is gu cunbhalach agus tro bhith ag obair o bhunait fiosrachaidh nas fheàrr, leis gum bi sinn nas mothachaile air na ceistean a th' ann aig ìre na roinn, na sgìre agus na h-earrainn.

Am frèam a chaidh gabhail ris, nì e cinnteach gum bi coinneamhan cunbhalach ann a rèir clàir-ama le ùghdarrasan ionadail ann an sgìre HIE, rud a chuireas ris a' chinneas ann an èifeachdas nan Compàirteachas Planadh Coimhearsnachd a tha ann an sgìre gach ùghdarras ionadail agus aig a bheil bunait nas fharsainghe. Le raon nas fharsainghe a bhith aig Aontaidhean Toraidh Shingilte thig barrachd fhathast à na rèiteachaidhean seo. Cuideachd, bidh leasachadh dhàimhean a ghabhas a-staigh buidhnean a riochdaicheas gnothachas a leithid Sheòmaran Malairt agus Caidreachas nan Gnothachas Beag, na chuideachadh le bhith a' tuigsinn chuspairean gnothachais nas fheàrr.

Tha gach aon de na h-ochd sgioban sgìreil aig HIE an-dràsta an sàs ann a bhith a' stèidheachadh pannal sgìreil a tha air a chiallachadh a bhith a' coinneachadh dà uair sa bhliadhna. Am measg bhuill nam pannal bidh gnothachasan ionadail agus feadhainn eile aig a bheil cuibhreann sa ghnòthach agus tha na pannalan air an ciallachadh mar chothrom a bhith ag iomlaid fiosrachaidh a bhios gu feum do gach uile duine a ghabhas pàirt ann. Bheirear cuireadh do bhuill nam pannal sgìreil air fad, cho math ris na gnothachasan air fad a tha fo stiùireadh cunntasail, a bhith a' gabhail pàirt ann am fòram air loidhne don Ghaidhealtachd is na h-Eileanan air fad, rud a sholairas stòr-data den ùidh a th' ann anns gach earrainn is sgìre agus a chuidicheas le measadh, co-chomhairleachadh agus sgrùdadh air feadh na sgìre.

Co-ionannachd agus iomadachd

A bhith cinnteach gun gabh sinn seagh do dh'fheumalachdan eugsamhail na feadhna a nì feum no a dh'fhaodadh feum a dhèanamh den obair againn agus gum feuch sinn daonnan ri bhith a' cur chleachdaidhean fastaidh HIE am feabhas, cumaidh sinn oirnn a' co-òrdanachadh obair co-ionannachd taobh a-staigh den dòigh-obrach Feabhas Luach againn. Cumaidh sinn oirnn ag ath-bhreithneachadh air a' phlanadh ghniomhachd againn airson co-ionannachd agus ga ath-leasachadh a chum 's gum bi e a rèir na h-àrainneachd chaochlaideach anns a bheil sinn ag obair a thaobh poileataics, reachdas agus coimeasgadh sluaigh.

Cho math ris na sgeamaichean co-ionannachd againn air cinneadh, ciorram agus gnè a leasachadh, tha am fòcas againn air co-ionannachd a' gabhail a-staigh dhualan co-ionannachd eile ris a bheil reachdas a' dèiligeadh - aois, claoanadh gnètheasach agus creideamh, cho math ri bhith a' toirt an aire do na thig an lùib dùthchalachd agus cleachdadh na Gàidhlig ann an cuid de na sgìrean againn. Bidh mòran den obair againn a' gabhail a-staigh nan dualan co-ionannachd air fad, agus i a' bualadh chan ann air fir is boireannaich no daoine de dhiofar chinnidhean a-mhàin, ach a' coileanadh toraidhean matha do dhaoine de dhiofar gnè, cinneadh, aois, comas agus fèineachd air feadh na Gàidhealtachd is nan Eilean.

Làrach gualain

Leudaich HIE an tuigse a th' againn air na leigear mu sgaoil de ghualan/gasaichean taigh-gloine agus an comas a th' againn a bhith ga thomhas is ga riaghladh. Mar a leudaicheas an t-eòlas agus an tuigse againn, tha sinn ag atharrachadh o bhith a' dèanamh ath-bhreithneachaidhean eachdraidheil air na chosg sinn gu bhith a' dèanamh sgrùdadh a leigeas leinn riaghladh a bhith againn air na tha sinn a' leigeil mu sgaoil fhad 's a tha sinn a' dol air aghaidh. Chuidich seo leis na comasan is a' mhìsneach againn a bhith a' fàs agus chaidh againn o chionn ghoirid, a chiad uair a-riamh, air sgrùdadh air na leigear às de ghasaichean a ghabhail a-staigh ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean a thaobh oifisean a ghluasad. Tha sinn a' toirt cheumannan tòiseachail cuideachd feuch deamar a mheasas sinn èifeachdan na chosgais sinn gach bliadhna air cur an seilbh a thaobh na leigear mu sgaoil de ghasaichean.

Is e ceumannan tòiseachail a tha seo a chuidicheas leis a' bhuidhinn a bhith a' cur ri amas Riaghaltas na h-Alba a thaobh lùghdachadh anns na leigear mu sgaoil. Gus an obair seo a choileanadh, nì sinn feum de dh'fhiosrachadh mu chleachdaidhean siubhail luchd-obrach feuch deamar a dh'oibricheas sinn le nas lugha de shiubhal astaran fada chun na h-obrach agus de shiubhal air gnothach. Bidh sinn a' dèanamh ath-bhreithneachadh air mar a chleachdas sinn colabhairtean bhideo agus claidinn gu math tric agus mar a bhios seo chan ann a-mhàin a' lùghdachadh na leigear mu sgaoil de ghasaichean tro shiubhal ach cuideachd a' sàbhaladh ùine a chuireadh luchd-obrach seachad ann a bhith a' siubhal agus a' caomhnadh na chostadh seo air HIE. Bidh sinn ag amharc air deamar a ghabhas am feum a nì sinn de na goireasan seo leudachadh.

Gnothachas a chur am feabhas

Tha HIE an da-riribh a thaobh ath-bhreithneachadh cunbhalach a dhèanamh air an obair aice a dhèanamh cinnteach gu bheil sinn a' solar Feabhas Luach. Chaidh buidheann leasachaidh leantainnich a stèidheachadh gus cothroman leasachadh gnothachais a chomharrachadh is a chur an gnìomh air feadh an eagrachaidh air fad. Tha caochladh shruthan obrach a' dol cheana, agus nam measg ath-bhreithneachadh air pròiseas measadh agus stiùireadh phròiseactan HIE agus tairgse ga dhealbhadh airson frèam ùr a bhith a' toirt aithisgean corporra.

Tha a' bhuidheann a' dealbhadh prògram de ghnìomhachdan leasachadh gnothachais ri bhith air an cur an gnìomh feadh nan trì bliadhna seo tighinn. Am measg nam prìomhachasan tha a bhith a' cuideachadh le daoine fiosrachadh a phàirteachadh air feadh an eagrachaidh, gu sònraichte a thaobh leasan a chaidh ionnsachadh agus cuideachd ath-bhreithneachadh air an dòigh a bhios sinn a' dol an sàs ann a bhith a' toirt bhuannachdan gu buil agus a' riaghladh chunnartan.

Co-rianan gnothachais

Agus e air a chur an gnìomh mu thoiseach 2007, chaidh Co-rian Stiùiridh HIE tro threis de bhunailteachadh agus daingneachadh. Leis gu bheil e a' tighinn às an sin, agus an co-rian freumhaichte gu h-iomlan, gabhaidh tòiseachadh a-nis air làn-luach na seilbh airgid a thoirt gu buil. Tro cho-thaobhadh a' cho-rian ri Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais agus leis an structair eagrachaidh ùr agus leasachadh leantainneach air a chomas a bhith a' solar fiosrachadh gnothachais thig buannachdan cudromach. Thig buannachdan gu sònraichte a thaobh cùl-taic ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean obrachail agus ro-innleachdail agus a bhith a' leigeil ris buaidh HIE ann a bhith a' cur luach ri fàs nàiseanta. Thèid cothrom a ghabhail gu cunbhalach air an t-sùbailteachd as dual dha gus dèanamh cinnteach gum bi dìongmhaltachd agus mothachalachd ann an dòighean-obrach na buidhne.



Highlands and Islands Enterprise
Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean

Taigh MhicComhainn,
Pàirc Reic agus Gnìomhachais Inbhir Nis,
Inbhir Nis IV2 7GF

Fòn/ +44 (0)1463 234171
Facs/ +44 (0)1463 244469
Post dealain/ info@hient.co.uk

www.hie.co.uk



INVESTOR IN PEOPLE

